





Digitized by the Internet Archive
in 2013

X 14

RABHADH DO'N LEUGHADAIR.

A leughadair ma's àill leat fior bhrìgh an fhocail sin “*Indulgence*” (a th'air eadar-theangachadh anns na searmonaibh so, “droch shaorsainn”) a thuigsinn, maille ri focail eile tha'n t-Ughdair a' cleachdad, léugh an leabhair da'n goirear an “Eilid air a leigeadh fuasgailte”, far am faic thu gu soilleir cionnas agus co ris a bha iad air an cleachdad.—Gu cinnteach tha e ionann agus do-dheanta a bhreithneachadh no chreidsinn, an fhoirneart agus na gniomhara mallaichte, an-iochdmhor, borb, agus fuiteach a ghnàthaicheadh, agus a chuireadh an gniomh air pobull an Tighearn an Albainn, bho na bhliadna 1660 gus a bhliadhna 1688. Ré nan ochd bliadhna fishead sin do ghéur-leanmhuinn ghoirt, tha e air a mheas gu'n d'fhuiling aig a' chuid is lugha 18,000 pearsa am bàs no na cruidh-chasan agus na teanntachdan bu mhò. Dhiubh sin chaidh 1,700 fhògradh do thìribh cein; agus do'n aireamh so, chailleadh 200 le long-bhriseadh. D'fhògradh mu thimchioll 750 do na h-eileanaibh

tuathach. Tha e air a mheas gu'n d'fhuiling 2,800 àmghairean neo-chumanta ann am priosan. Chaidh mu 680 a mharbhadh anns na còmh-ragaibh a bha eadar iad féin agus an luchd-géurileanmhuinn ; agus thàr as le'm beatha do Rìogh-achdaibh eile, mu'n cuairt do 7,000. Chaidh mu thimchioll do 498 a mhort gun aobhar brosnach-aidh ; a thuilleadh air 362 a chaidh a chrochadh fo sgàile ceartais. Cha mhath is urrainnear àireamh na muinntir sin a chaidh dhìth le fuachd agus ocras, agus anacothroman eile am feadh a bha iad nam fògaraich air na beanntaibh ainmeachadh, ach 's cinnteach gu'n deanadh iad suas maille ris na chaidh aithris a cheana 18,000 pearsa.

CU NNTAS MU BHEATHA AGUS MU CHLIU,
MR ALASTAIR PEDEN.

Rugadh Mr ALASTAIR PEDEN ann an Sòrn, an Siorrachd Ara, mu thimchioll na bliadhna 1626. An deigh dha dol troimh riaghailtean gnàthaichte an fhòghluim anns an Oil-thigh, bha e ré tamuill, 'n a mhaighstir-sgoile, na fhear-seinn, agus na chleireach seisean, aig Mr Eoin Guthrie, ministeur Tharbolton. 'Nuair a bha e gu tòiseachadh ri searmonachadh, bha boirionnach òg anns an àite sin torrach, aig fear a mhuinntir na dùthcha, agus gus an sgainneil a sheachnadh thug e airgiad dh'i a chionn a chlànn a' chur air Mr Peden, ni a rinn i, agus gu bhi ni b'fhaide as an rathad thàr e féin as do dh' Eirinn, mar sin bha Mr Peden air a shàrachadh le seisean na h-Eaglais as leth na cùis so; ach dhuisg a choguis air athair na cloinne le leithid a dh' uamhas, 's gu'm b'eiginn dha tighinn dachaidh agus a chiont aideachadh, mar sin làn shaoradh Mr Peden bho na sgainneil so. An deigh do na bhoirionnach thruagh so mòran trioblaid fhlàng, chuir i crìoch air a beatha féin, anns an dearbh àite sin 's an do chaith Mr Peden mòran ùine aig iarraidh seolaidh bho Dhia, am feadh a bha e air a shàrachadh leis a sgainneil so.

Beagan roimh Ath-aiseag an dara Righ Tearlach, shuidhicheadh e 'n a mhìnister ann an Luce Nodha an Gallobha, far nach robh e ach tri bliadhna a mhàin, oir chuireadh esan, maille ri buidhean eile, a mach as an Eaglaisean le ainneart agus antighearnas nan amanna. 'Nuair a bha e gus an Sgìre sin fhàgail, mhìnich e dhoibh Gníomh. xx. bho'n 7 rann gu crìoch a chaibdeil, agus shearmonaich e 's a mhaduinn bho na briathraibh so, anns an 31 rann, "Uime sin deanaibh faire, a' cùimhneachadh nach do sgiur mise ré thrì bliadhna, a chomh-airleachadh gach aon agaibh," &c., a' cur an céill

nach do sheachainn e uile chomhairle Dhé fhoill-seachadh dhoibh, agus a' toirt fianuis gu'n robh e saor bho fhuil nan uile dhaoine. Am fheasgair, shearmonaich e bho 32 rann, "Agus a nis a bhraithre, earbam sibh ri Dia, agus ri focal a ghràis," &c., bu shearmon i so a dh'fhàg iomadh suìl dhéurach anns an Eaglais sin. Ghuidh e orra iomadh uair a bhi sàmhach; ach 's e a thur mheudaich am bròn gu'n d'innis e dhoibh nach fhaiceadh iad aghaidh gu bràth tuille anns a chùbaid sin. Bhuanaich e a' searmonachadh gus an d' thàinig an oidhche, agus an uair a dhùin e a Chùbaid bhuail e an dorus gle chruaidd trì uairean, le 'Bhiobull, ag ràdh trì uairean an deigh a cheile, "Tha mi a' cur sàradh ort, ann an ainm mo Mhaighstir, nach teid a h-aon a steach annad gu bràth, ach neach a theid a' steach air an dorus mar chaidh mise." A réir sin cha deachaidh Sagairt, no h-aon do na ministeiribh sin a ghabh ris an droch shaorsainn a' steach do'n chùbaid sin, gus an d' thàinig an t-Ath-leasachadh, agus gus an d'fhosgail aon de na ministeiribh Presbyterianach i.

Ann an 1673 ghlacadh e, agus chuireadh e 'n a phrìosanach gu creig Bhass. Ann am mios dheireannach a' gheamhraidh 1678, thugadh Mr Peden bho chreig Bhass gu Duneidinn, agus thugadh bìnн a mach 'n a aghaidh féin, agus an aghaidh tri-fichead a bha 'n am prìosanaich air son aobhair Chriosd,— gu'n rachadh am fogradh do dh'America, agus nach fheudta am faicinn gu bràth tuille ann an Albainn, fo phiann a' bhàis. An deigh do na bhinn so a bhi air a thoirt a mach 'n an aghaidh, thubhairt e gu tric, nach d'rinneadh an lòng sin fathast a ghiùlaineadh esan agus na prìosanaich ud do dh' America.—An deigh sin chuireadh air lòng iad ann an Lìte, agus ghiùlanadh do Lunnaidh iad; ach cha robh an Ceannard-luinge a thug gus a sin iad gu'n toirt ni b'fhaide, a réir sin thug e thairis iad do Cheannard eile bha gu'n giulan do dh'America, neach dha'n d' thugadh iad an àite

mheirlich agus chreachadaraibh. Ach 'nuair a thàinig e dli'am faicinn, agus a chunnaic e gur e bh' annta Chròsduidhean stuama, ceanalt, a bh'air am fògradh air son an aideachaidh Phresbiteriane aich, thuirt e nach seòladh e an cùan le h-aon do'n leithid sin. Mar sin 'nuair nach gabhadh an darna Ceannard d'a ionnsuidh iad, agus nach cumadh an Ceannard eile iad ni b'fhaide, chuireadh iad fa sgaoil.

An deigh an cuir fa sgaoil, dh'fhan Mr Peden ann an Lunnainn, agus an àitibh eile do Shasunn, gus a bhliadhna 1679, an sin thàinig e do dh' Albainn.

Ann am bliadhna 1680, air dha a bhi ann an tigh dlùth do Mhauchline, far an d'thàinig dithis dhaoine uaisle a steach, am fheasgair, 'n an dol seachad, thòisich fear dhiubh ri dubh chàineadh pobull Dé a bh'air an géur-leanmuinn, agus gu h-àraigd Mr Richard Camshron, a chaidh mharbh-adh beagan roimhe sin, aig Airs-moss. Thachair do Mr Peden a bhi 's an t-seòmar a b'fhasige dhoibh, agus air cluinntinn na càinnt so dha, bha a chridhe air a chràdh, agus thàinig e chum an doruis, agus thuirt e ris, "A dhuine, bì a' d' thosd ; a chionn dà uair dheug a nochd bithidh fios agad ciod an duine bh'ann am Mr Camshron : bithidh am peanas a nì Dia air do theangaidh thoibheum-ach-sa 'n a ràbhadh do na h-uile Rabsaceh sgallais-each dheth do sheorsa." Dh'aithnich am fear eile dhiubh Mr Peden, agus air dha a bhi dearbhta nach tuiteadh 'fhocal a chum an làir, rinn e cabhag dhachaidh, air eagal 's gu'n tarladh olc éiginn dha ann an cuideachd a chòmbanaich : air do'n thear ana-cainnteach so a thigh féin a' ruigheachd, bhuaileadh e air bàll le tinneas aithghearr, agus dh'eug e mu'n d'thainig meadhon oidhche, agus bu ghraineil an sealladh e, le 'bheul fosgailte agus a theangaidh a mach.

Anns a bhliadhna 1682, chaidh e do dh'Eirinn, agus air dha teachd gu tigh àraigd ann an Siorrhachd Anntrim, dh'fhaighnidh e ri bean-an-tighe, an robh feum buailtear orra. Thuirt i gu'n robh,

agus dh'fheòraich i dheth ciod an duais a bhiodh e 'g iarraidh 's an là. Fhreagair esan, gu'm biodh duais air bith a bha a leithid eil' a' faotuinn. Dh'aontaich i ri so a thoirt dha. Am oidhche chuireadh a chadal e 's an t-sabhal maille ris an sgalag, agus chaith e an oidhche sin aig ùrnuigh agus aig osnaich. An lath'r na mhaireach, dh'oibrich e còmhlaadh ris an sgalag, agus chaith e an ath oidhche air an doigh cheudna. Ach air an dara latha, thuirt an sgalag ri 'bhana-mhaighstir, "Cha'n 'eil an duine so a' deanamh lochd cadail, ach aig osnaich agus aig ùrnuigh ré na h-oidhche uile; cha'n 'eil mis' a' faotuinn drùb cadail leis; tha e gle mhath air bualadh, agus cha'n 'eil e 'g a chaomhnadh féin, ged is e mo bharail nach robh e air a chleachdadadh ris roimhe so; agus am feadh a bhios mise a' caraigeadh an t-sabhall, théid e gu leithid so a dh'aite, agus bithidh e 'g ùrnuigh air son Eaglais na h-Alba a th'ann an àmhghair, agus ainmichidh e na h-uiread a mhuinntir a th'anns an àmhuiinn." Dh'oibrich e an dara là; chum a bhana-mhaighstir sùil air agus chual i e 'g ùrnuigh, mar a thuirt an sgalag, Am oidhche dh'iarr i air an duine aice fharaidh ris am bu mhinisteir e, rinn e sin, agus ghuidh e air a bhi saor inntinneach ris, agus gu'in biodh e na dheadh charaid dha. Thuirt Mr Peden ris, nach robh naire air bith air á dhréuchd, agus thug e làn chunntas dha mu thimchioll a chor. An deigh sin cha do chuireadh a dh'obair no chadal e tuille maille ris an sgalag. Dh'han e roinn ùine anns an àite sin, agus bha e 'n a mheadhon beannuichte ann an cuid iompachadh, agus ann an cuid eile a thoirt gu bhi beò gu riaghailteach.

Anns a bhliadhna 1685, Shearmonaich e air oidhche Shàbaid ann an cat-chaorach, b'e am bònn teagaisg a bh'aige, Amos vii. 8. "Agus cuiridh mise sreang-riaghailt ann am meadhon mo shluaih Israel," &c. Anns an t-searmon so thuirt e, "Innsidh mi deadh sgeul dhuibh. Bheir ar Tighearn iteag á sgiath an Ana criosc, a bheir

leigeal do Dhuic Yorc, agus a dh'fhogras e as na rioghachdan so. Agus cha suidh duine gu bràth do'n fhineadh Stiùbhartach air Righ-chath-air Bhreatuinn 'n a dheigh-san; air son an neogheamnuidheachd, an cealgaireachd, an ain-tigh-earnas, agus na dhoirt iad do fhuil phrìseil nan naomh. Ach mo thruaighe! 's dubh, 's dubh, na laithean a tha gu tighinn air Eirinn! ionnas gu'n siùbhlar dà fhichead mìle gun smùid tighe fhaicinn no gairm coilich a chluinntinn." 'Nuair a chriochnaich e an t-searmon, rinn e féin agus iadsan a bha maille ris, pràmhan cadail anns a chata. Moch air an ath mhaduinn, chaidh e suas ri taobh ùillt a bha'n sin, far an d'fhan e tamull beag, cha'n 'eil, amharus a' beachd-smuaineachadh. 'Nuair a thàinig e air ais sheinn e Saiml 32, bho'n 7 rann gu crìch; agus an sin dh'aithris e an 7 rann,

'Ta thusa t'ionad foluich dhomh,
Ni coimheadh orm bho théinn;
Is nithear leat mo chuairteachadh
Le h-oran saorsa binn.

ag ràdh, "is rànn thaitneach i so maille ris na ràinn a leanas, a fhuair mis' aig taobh an ùillt 's a mhaduinn an diugh; gheibh mi tuille am maireach; agus mar sin gheibh mi lòn làthail. Cha robh e riamh air dheireadh dha neach air bith a chuir a dhòchas ann, agus theid sinn air ar 'n aghaidh 'n a neart-san, a' deanamh sgeul air 'fhìreantachd, 'fhìreantachd-san a mhàin."

Anns a' bhliadhna 1685, bha e ann an Carric, agus air da Iain Clàrc, ann am Blàr-an-t-sruthain a bhi maille ris, thuirt e ris, "A mhaighstir, ciod i bhur barail mu'n àm so? Nach cianal dorch an là th'ann? An urrainn là ni's mì-mhisneachail na so a thighinn?" "Tha e mar sin Iain," ars esan, "is àm dorch mì-mhisneachail an t-àm so, ach bithidh àm nis dùirche na so ann; cuirear as do na creutairibh amaideach aingidh so, na sagartan; agus eiridh buidhean 'n an deigh-san d'an goirear Presbiterianaich, ach a chionn nach bi a bheag tuille

aca ach an t-ainm, céusaidh iad Criod, co cinn-teach 's a chaith a chéusadh gu corporra an taobh a muigh do gheatachaibh Ierusalem air Beinn Chalbhari, tha mi 'g ràdh, céusaidh iad Criod co cinn-teach ri sin, 'n a aobhar agus 'n a ùghdarras ann an Albainn ; agus cuiridh iad 'n a uaigh e, agus bheir a chairdean, aodach-mairbh dha, agus luidhidh e mar neach air adhlacadh ré ùine àraig : O ! Iain, 's ann an sin a bhios an dorchadas agus na laithibh gruamach, nach fhaca Eaglais bhochd na h-Alba riamh an leithid, ni mò chì iad an leithid gu bràth, aon uair's gu'm bi iad seachad ; seadh Iain, bithidh iad co dorch, 's ged shiùbhladh crèutair bochd bho'n fhairge an ear gus an fhairge an iar, a' gleidheadh ministeir dh' an innseadh e a chor, no a dh'fhoillsicheadhl inntinn an Tighearna dha mu thimchioll an àma sin, cha'n fhaigheadh e a h-aon." Dh'fheòraich Iain dheth, c'ait am biodh an fhanuis an trath sin ? " Bithidh," ars esan, " ann an làimh aireamh thearc, a bhios air an dì-mheasachadh agus air àn tàrchuisseachadh leis na h-uile, ach gu h-àraig leis na ministeiribh sin a dh' adhlaic Criod ; ach an deigh sin éiridh e orra ; agus a mheud 's a bhios beò, dhiubhsan a bh'aig adhlacadh, bithidh iad ann an troimhe-cheile agus air a chaothach lé eagal, gun fhiros aca ciod a nì iad, an uair a għluiseas e : Bithidh lathachan maiseach ann an sin, Iain, lathachan nach fhaca Eaglais na h-Alba riamh an leithid : cha'n fhaic mis' iad, ach dh'fheudta gu'm faic thus iad."

Mu'n àm so, thachair dha bhi searmonachadh anns na raointibh, ann an Sgìre Ghirbhan, agus thàinig fear a bha'n tràth sin 'n a fhear-aideachaидh, le cabhag, a' saltairt air an t-sluagh gu bhi dlùth dha. Neach ris an d'thubhairt e, " Sin agaibh bàlg-straighlich an diabhoil a' tighinn, cha'n 'eil sinn 'g a iarraidh an so." An deigh sin thàinig am fear so gu bhi 'n a mhaor agus na fhear-brathaidh anns a chearnaich sin, a' ruith air feadh na dùthcha, a' gleadhraich, agus a' gairm an t-sluagh gu am mòdan ain-diadhaidh air son nach aontaicheadh

iad do reachdaibh mallaichte nan uachdaranan ; ni air son an d' thugadh air féin agus air a shliochd, mar ainm, balg-straighlich an diabhoil. Bho àm an Ath-leasachaidh, chasad e ris a mhinisteir, nach fhaigheadh e féin agus a theaghlaich ach an t-ainm ud. Thuirt am ministeir ris, “ ‘s math a thoill sibh e ; agus b’ onorach an duine thug oirbh e ; agus feumaidh sibh giulan leis : cha ghabh e leigheas a nis.

An deigh mòran allaban bho àite gu àite, air feadh Siorrachd Ara agus Ghallobha, air do àm a bhàis a bhi tarruing dlù, thàinig e gu tigh a bhràthar, ann an Sòrn, a Sgìre dhùthchasach, far an d' thug e orra uamh a chladhachadh, fo thaobh preas seilich. Fhuair na nàimhdean forfhais mu thimchioll, rànnsaich iad an tigh air a shon iomadh uair, ach cha d' fhuair iad e. Am feadh a bha e ‘s an uamh dh’ innis e d’ a chàirdibh mu iomadh breitheanas uabhasach a bha gu tighinn air Albainn. Mar an ceudna thug e so mar chomharradh dhoibh, nam b’ e ‘s nach rachadh esan adhlachadh ach aon uair, gu’n an ni a thuirt e a chreidsinn, ach nam b’ e ‘s gu’n rachadh àdhlacadh ni bu trice na aon uair, gu’ m feudadh iad a bhi cinnteach gun tarladh na h-uile ni a thuirt e : agus dh’ iarr e gu ro dhùrachdach a chorp àdhlacadh làimh ri corp Mr Richard Camshrom ann an Airs-moss, a chum ‘s gu’ m faigheadh e fois ‘n a uaigh, a chionn ‘s nach mòr a fhuair e ré a bheatha, ach, ars’ esan, àdhlacadhbh mi far an àill leibh, togaidh iad mi a rithist.

Beagan mu’n d’ éug e, thuirt e, “ Bithidh sibh uile mi-thoilichte leis an àit an téid m’ àdhlacadh mu dheireadh ; ach tha mi ’g àithneadh dhuibh na togaibh mo chorp a rithist.” Aon là, gle mhoch ‘s a’ mhaduinn dh’ fhàg e an uamh, agus thàinig e gu tigh a bhràthar. Thuirt bean a bhrathar ris, “ C’ait am bheil sibh a’ dol ! thig an tòir an so.” Ars’ esan, “ Tha fhios agam air sin.” “ Mo thiruaighe a Mhaighstir,” ars’ ise, “ ciod an ni sibh ? feumaidh sibh a dhol air ’ur ‘n ais do’n uamh a rithist.” “ T’ha mi ullamh dh’ i,” ars’ esan, “ oir

fhuaireadh a mach i ; ach cha'n 'eil dollaidh ; oir an taobh a stigh do dhà fhichead uair 's a h-ochd, bithidh mise an taobh thàll do bhuiridhibh an diabhoil; agus cha chuir 'innealan-san an ifrinn no air thalamh trioblaid orm ni's mò." Mu'n cuairt do thrì uairean a thím an deigh dha tighinn do'n tigh, thainig an tòir, agus 'nuair nach d'fhuir iad e 's an uamh, rànnsuich iad an sabhal agus an tigh, ach cha d'eirmis iad air an àit an robh esan 'n a luidhe. Agus an taobh a stigh do dhà fhichead uair 's a h-ochd an deigh sin, chrìochnaich e 'thurus, an 28 là de'n cheud mhios 1686, agus thàinig e gu bhi na fhear-àitichidh air an tìr sin, far am bheil iadsan a ta sgith aig fois, air dha a bhi os ceann 60 bliadhna dh'aois.

Chaidh àdhlacadh ann an cruisle Tighearn Achadh-na-lichd, ach, an deigh dha a bhi dà fhichead là anns an uaigh, thàinig buidhean do shaighdearan each agus thog iad a chorp, agus thug iad leo e da mhìle, gu bun croich Chumnoc, far am bheil e air àdhlacadh maille ri tuille do na mairtirich.

Mar so dh'éug Alastair Peden, a tha co iom-raideach air son a dhiadhachd, 'éud agus a dhìs-leachd, ach gu h-àraid air son a bhuanachadh do-sgithichte ann an dleasnas na h-ùrnuigh, agus a thug barrachd air na h-uile mu'n cualas iomradh anns na h-amannaibh deireannach so, ann an gibht an roimh sheallaidh gu bhi 'g innse nithe bha gu tachairt, araon do dh' Eaglais agus do rioghachdan na h-Alba agus na h-Eirinn, agus mar a ceudna do phearsachaibh agus do theaghlaichibh. Thubhairt duine àraid bho chionn ghoirid, 'nuair a bha e a' labhairt 'n a sgrìobhaidhibh mu Mr Peden, gu'n robh fhios gu'n thachair mòran do na nithibh a roimh-innis e cheana, agus ged a tha muinntir mхи-naomh, amaideach agus aingidh, a réir cleachdadh na ginealaich eu-creidmheich so a' deanamh sgeig agus magadh air na nithibh so ; gidheadh, feumaidh sinn a chodhùnadhl le Spiorad Dé, gu'n robh, gu'm bheil, agus gu'm bì rùn an Tighearn aig an dream d'an eagal e.

SEARMON I.

" Ach an uair a chunnaic an tuath am mac, thubhairt iad eutorra féin 'S e so an t-Oighbre, thigibh, marbhamaid e, agus glacamaid oighreachd-san dhuinn féin."—*Mata*, xxi. 38.

'S iad na briathran so a léugh mi dhuibh peachadh na h-Alba air an là'n diugh ; nan robh ar Tighearn Iosa Criosd an diugh aig ar Righ agus aig ar n-uaislibh ann an Duneidinn, ciod a dheanadh iad ris ? Dheanadh eadhon a chrochadh, no ni bu mhiosa nam b'urrainn iad ; ni air son an dean e dioghaltas gu h-aithghearr air ar Righ agus air ar 'n uaislibh, agus air cuid do mhinisteiribh neodhileas co math agus air na pápanaich mhì-runach, tachraidh an t-aon ni dhoibh so uile gu h-aithghearr anns an tìr so.

Anns a' bhònn teagaisg, tha *toradh* air iarraidh bho'n tuath so ; ma dh'fharraideas sibh ciod an toradh ? Tha toradh 'n a aimsir féin : tha an toradh so air iarraidh uatsa, O Albainn, air an là'n diugh. A chairdean, cha'n e a leithid a thoradh is leis am bheil sibh aig iocadh 'ur màil a tha 's an toradh so, mar a ta core no sàidh, no 'n leithidean sin, 'g am bheil gràdh 'ur cridbeachan co mòr. Cha'n e, a chàirdean, 's e th'ann toradh 'n a aimsir : cuimhnichibh nach gabh Dia an diugh uaith-sa an Albainn, na dleasnasan a ghabhadh e uaibh bho chionn deich bliadhna fichead no dà fhichead bliadhna, co dhiubh a th'annta searmonachadh, no ùrnuigh, no dleasnasa spioradail air bith eile ; cha ghabh se iad aon chuid uaibh-sa ; tha mi 'g ràdh, cha ghabh se iad aon chuid uaibh-sa, no uam-sa, an deigh na chaidh do dh'fhuil nan naoimh a shéulachadh nam firinnean so, a tha dh'fhiachan oirnn uile aideachadh an Albainn, agus anns na tìribh so uile a cheangail iad féin ann an cumhnant.

A nis, a phobull Dé, an Albainn, tha cuid agaibh ag amharec orm an so anns an aghaidh : cuiream fhianuis air 'ur coguisibh féin, co dhiubh a tha so

fior no nach 'eil. Ciod e an toradh so ma ta, a th' air iarraidh? Tha creidimh agus aithreachas, gràdh do Dhia agus ùmhlachd d'a thoil fhoillsichte, dh'am bheil mòran agaibhsa, seadh a' chuid is mò agaibh, 'n ar coigrich co mòr's ged nach cluinneadh sibh an soisgeul siorruidh riamh air a shearmonachadhl dhuibh. 'A nis a phobull Dé, ciod a tha sibh a' deanamh 'nuair a tha corruiich co uamhasach aig an dorus an Albainn an diugh? Cha'n fhiù e suidheachan an diugh an Albainn an neach nach 'eil ag ùrnuigh leth a latha, a dh'fheuchainn an urrainn sibh an fhearg uamhasach, a tha aig dorsaibh duthaich ar sinnisirbh, a chumail air ais. O a chairdean, feumaidh sibh bhi 'g ùrnuigh aig a' chrànn, aig na cliathaibh, aig a' bhuain, agus aig 'ur n-uile oibre, seadh, 'nuair a bhios sibh ag itheadh agus ag òl, a' dol a mach agus a' teachd a steach, agus aig 'ur n-uile shaothair; cha robh riamh ni's mò dh'fheum air na tha nis. O a bheatha òirdheirc sin do cho-chomuinn ri Dia a dh'fheudadh a bhi againn.—O a chairdean, 's esan a tha deanamh nèamh taitneach; 's e co'chomunn ri Dia a tha deanamh nèamh féin.—O a phobull Dé, am bheil fadachd oirbh gu bhi an sin?

A nis, tha briathraibh a bhùinn theagaisg, a' cur an céill gu'm b' àill leis toradh fhaotuinn uaibh-sas an duthaich so, agus uatsa, O Ghleannluce;—chuir e an toiseach pronnag dh'a t' ionnsuidh, agus an sin chur e do d' ionnsuidh iomadh cuairt fhirinneach d'a mhinisteiribh am feadh a bha iad air na beanntaibh; agus a nis chuir e mise do d' ionnsuidh air an là'n diugh, a dh'iarraidh ort a thoradh iocadh dha, agus is beag a fhuair e uait-sa, O Ghleannluce; ni air son an dean e iomadh àite fàsail annadsa, O Albainn. Ach innseam ciod a tha air ullachadh dhuibhs' a tha fulang agus air 'ur geuleanmhuinn; tha crùintean, cuirear crùintean glòir oirbh ann an ùine aithghearr; agus bithidh fuigheall agaibh air 'ur gleidheadh anns na droch laithibh a tha teachd air Breatuinn agus Eirinn.

A chairdean, tha naigheachd agam ri innse dhuibh. cha'n uilear do mòran agaibh a bhi deanamh 'ur tiomnaidh, cha'n fhada'n ùine bhios cuid agaibh beò's an t-saoghal. Bithidh sìth ri Dia'n a dheadh thiomnad a ann an ùine ghoirid :—oir bithidh Albainn, gu h-aithghearr, air a bàthadh ann am fuil; agus anns an là eagalach sin do chorruich uamhasach a tha teachd air na tìribh strìopachail, cùl-sleamhnuich so, air son an cealgaireachd agus am bristeadh cùmhaint ri Dia, bithidh fianuis deadh choguis na deadh chùirm 'nuair a bhios claidheamh fuitteach ri bhur'n uchd; an sin nì sìth ri Dia còmhnad ri deadh thiomnad a dheanamh anns an là sin; léughaibh. Eabh. xii. 14. "Leanaibh sìth maille ris na h-uile dhaoinibh, agus naomhachd, ni as eugmhais nach faic neach air bith an Tighearn." Ciod an seòrsa naomhachd a tha an so, a chàirdean? Innseam dhuibh ciod i, cha'n e an tomhas do naomhachd a bh' aig Abraham, aig Maois, no aig Daibhidh, no aig neach air bith do na daoinibh urramach sin, cha'n e; gabhaidh Dia ni's lugha bho bhur làimh-sa, a muinntir bhochd; 's e togradh gu naomhachd, an ni ris an gabh Dia uaibh-sa. Cha'n e an stoc do ghràs a fhuair sibh an nì 'ur gnothach, ach an ni ris am bheil 'ur dùil, agus air son am bheil fadachd oirbh; feudaidh sibh a bhi dh'easbuidh mòrain nithe, ach cha'n fheud sibh a bhi dh'easbuidh naomhachd. A chàirdean, feudaidh sibh a bhi dàll, bacach, balbh, bochd, agus suarrach anns an t-saoghal, agus a bhi dh'easbuidh iomadh ni, agus gidheadh a dhol do nèamh; ach ma bhios sibh a dh'easbuidh naomhachd cha téid sibh gu bràth an sin; uime sin, guidheam oirbh, thugaibh an ro aire do na nithibh sin 'na leithid so a là.

A chairdean, thàinig mòran agaibh an so an diugh á caochladh àitean: thàinig sibh uile an so, ag aideachadh a bhi'n 'ur luchd, aoraidh do'n Dia bheò, agus 'n 'ur creidmhich; ach tha mise gu cùig na sè do sheòrsachan muinntir a chur air leth nach 'eil da rìreadh ach'n am muinntir mhàrbh.

1. Is muinntir mhàrbh iadsan a tha aineolach air rathad agus air innleachd na slàinte tre chumh-nant na saorsa, a dhealbhadh eadar an t-Athair agus am Mac bho'n t-sìorruidheachd ; is muinntir mharbh sibhse uile tha 's an staid sin ; tha sibh uile aineolach air staid obair Dhé ann an Albainn, is muinntir mharbh an t-iomlan dhibhse. B'fheàrr leam aon dhiubhsan a tha fulang, agus a tha air fhòghlum ann an sgoil Chriosd ann an Srath-Chluaidh ud thàll, gu bhi tagair maille ri um na ceud dhibhse ; cha'n eil Dia a' gabhail sùim dhibhse, cha'n 'eil gràs agaibh, cha'n 'eil sibh 'n 'ur fògh-lumaich ann an sgoil Chriosd, agus uime sin cha'n 'eil annaibh ach muinntir mhàrbh.

2. Is muinntir mhàrbh sibhse tha 'n 'ur luchd-aidmheil sgiamhach bho'n taobh a muigh, ach a tha 's an taobh stigh mar uaighean gealaichte, co bréun ri àit-adhlacaidh nam màrbh, agus aig nach 'eil sian ach aideachadh, agus do nach aithne ciod is ciall do dh'obair na h-ath-bhreith ; cha'n 'eil annaibh ach muinntir mhàrbh, feumaidh sinn 'ur cuir a leth-taobh.

3. Is muinntir mhàrbh sibhse air am bheil ro chùram an t-saoghail, cha'n 'eil Dia agaibh ach an saoghal, agus tha esan do ghnà a' faotuinn an àite is mò ann 'ur eridhibh ; cha'n 'eil annaibh ach muinntir mhàrbh, agus feumaidh sinn 'ur cuir a leth-taobh ; nan cronaicheadh neach air bith sibh air son 'ur n-inntinn-shaoghalta, no air son 'ur sànn neo-mheas-arradh ; O, arsa sibhse, feumaidh sinn saothreachadh air son ar beò-shlainte, am b'aill leatsa gu'n sguireamaid do dh'obair? Ach, O amadain, agus a dhaormuinn shaoghalta a ta thu ann, nach dubhaint Criosd ann am Mata vi. 33, "Iarraibh air tùs rioghachd Dhé, agus fhìreantachdsan, agus cuirear na nithe só uile ribh." O, a chairdean, an earb sibh ri Dia, agus an toir sibh creideas dha, agus nì e comhnadh ribh aig 'ur n-uile obair. A chairdean, nan aontaicheadh sibh ra chùmhnant, agus nan gabhadh sibh ris mar 'ur cuid féin ; inn-

seam dhuibh ciod a dheanadh e air ar son, threabhadh e 'ur fearann, chuireadh e 'ur siol, bhuaineadh e 'ur n-àrbhar, reiceadh e 'ur corc, agus bheireadh e dhachaidh 'ur n-airgirod: innseam dhuibh, a chairdean, ciod a nì e air 'ur son; ni e eadhon, mar gu'm b'eadh, a chreachall a shiuthad, nam b'e 's gu'm biodh e feumail, air 'ur son: ma dhùnas sibh ris air a théirmibh féin, agus ma bheir sibh 'ur eridheachan dha, islichidh se e féin co iosal 's is àill leibh.

4. Feumaidh sinn 'ur muinntir òg, gun ghràs, agus 'ur seann mhuinntir mhì-naomha, a chur a leth-taobh mar mhuinntir mhàrbh, tha sibh a' mhì-bhuiileachadh 'ur n-aimsir anns 'm bu chòir dhuibh seirbhis a dheanamh do Dhia: Tha sibh a' tional cuideachd làn tighean, do ghillean agus do nigh-eanan òga, a' dannsa agus a' leumnaich air feadh a chéile; le 'ur subhachais mhear mhì-naomha agus 'ur n-ana-miannan a' losgadh gu làidir an taobh stigh dhibh, agus tha sibh a' smuaineachadh gu bheil saòrsa agaibh gu sin a dheanamh: bithidh fearg oirbh mu ghoireas mise adhaltranaichean no striop-aichean dhibh, ach measaidh Dia sibh mar sin: agus, mar gabh sibh aithreachas, tha sibh gu cinnteach a' deanamh seirbhis do'n diabhol ann 'ur n-ana-miannainbh, agus anns na rathaidibh peacach so. O, a chairdean, an àm so gu leithid sin a dh'obair? 'nuair a tha Dia a' bagairt Albainn bhochd a chuir fàs: B'fhearr dhuibh a bhi ri bròn agus a' glaodh-aich ri Dia air son fasgadh 'n a leithid a dhoinionn uamhasach agus a lathachan brònach 's tha e gu thoirt mu'n cuairt air na tìribh so a threig Dia, a chùl-sleamhnuich uaithe, agus a bhrist a chùmhnnant.

5. Is muinntir mharbh sibhse chaidh leis an stoirm, a dh' aidich agus a cho'aontaich ri Criod a chuir air falbh á Albainn bhochd, le 'ur ceannaire agus le 'ur n-ar-amach 'n a aghaidh: Ciod a tha sibh a' deanamh! Mar bac Dia e gu miòrbhuileach, tha eagal orm gur e dubh phàpanachd a bhios

againn ann an ùine aithgearr: Tha 'm Pàp a' teachd air ais a dh'iarraidh a ghill a dh'fhàg e an Albainn bho chionn fhada, agus tha sibhse a deanamh an deadh còmhchnadh ris'; innseam tuille dhuibh mu thimchioll, mar bith gu'n d'fhuair an Tighearna trì no ceithir a dh' iobairtibh do dh' fhuil nan naoimh an Albainn, bhitheamaid uile an diugh a' cromadh sìos do stuic agus do chlachaibh, agus do dhubb iodhal-aodraidh. Thug fuil nan naomh fianuis aig Pentland, aig Bothbhell, agus aig Airs-moss, an aghaidh gach inbhe an Albainn air son an cùl-sleamhnachaidh. Cha do bhrist nàimhdean ar Tighearna pìnneadh, no dealg, do dh'obair Dhé; ach ruith fuil nan naoimh a mach agus a steach troimhe, a' toirt fianuis an aghaidh gach ionnsuidh neo-laghail a thug iad air crùn Chriosd an Albainn, ni a tha cuir an céill deadh naigheachd dhuinne an diugh, agus do na ginealaichibh a thig an deigh so: Co'pairtichidh na ginealaichean a tha fathast ri éirigh do shocharaibh an fhuigheil bhochd a ta fulang an Albainn.

A nis, a sheanna mhuinntir, ciod a tha sibh a' deanamh? Tha eagal orm gu'n do chuir an stòirm sibhs' a leth-taobh; agus, a mhuinntir òga, ciod a tha sibhs' a' deanamh? A ghillean agus a nigheanan, an Albainn, an cuir sibh 'ur beatha agus 'ur maoin ann an cunnart chum dùnadhl ri Criod; innsidh mi naigheachd dhuibh mu thimchioll nan gillean agus nan nigheanan a lean e anns an osag dhoinionnach so, agus a leig sìos am beatha air a shon; chì bhur suilean iad air caithrichibh, agus crùintean air an cinn, agus iad air an sgeudachadh le trusganaibh do ghlòir, le clarsaichibh agus le pailmibh 'n an làmhaibh, mar dh'fheudas sibh fhaicinn ann an Taisb. vii. 9. Sibhs' oigridh na duthcha so, mà ghairmeas e sibh, agus ma bheir sibh an ionnsuidh air a leantuinn anns an stòirm so, cumaibh dlù ris féin agus r'a fhìrinn a th'air a géurileanmuinn an diugh an Albainn, suidhichidh e

sibh air caithrichibh, agus bheir sibh breith maille ris-san, 'nuair a bheir e breith air an Righ fhuilteach, air a' chomhairle agus air a' pharlamaid fhuilteach, air Diuc Yorc fuiteach, air ar maithibh, agus air ar 'n uaislibh aindiadhaidh mi-naomha, agus air ministeiribh gun ghràs na h-Alba, a tha gu h-iomlan air an dath le ful nan naomh. O! tha mo chridhe ag criothnachadh an taobh a stigh dhiom ann a bhi smuaineachadh ciod a tha gu teachd air ministeiribh cùl-sleamhnach, mort-anama na 'h-Alba : Cloinn nan naomh a bhios beò an deigh na daorsadh anns na laithibh a tha ri teachd, bithidh iad ullamh gu leithid sin a mhinisteirean a chòmh-lachdad, agus an clachadh le clochaibh, mar chì sibh ann an Sechariah, xiii. 4. " Cha mhair thu beò ; oir labhair thu breugan ann an ainm an Tighearn." —Uime sin, thugaibh an aire ciod a tha sibh a' deanamh, oir tha lathachan co uamhasach a' teachd 's a chunnacas riamh 's an tìr so, eadhon annadsa, Albainn chùl-shleamhnach, air son do mhionnan eithich agus do threigsinn air an Dia bheò. Tha aobhar againn uile eagal a bhi oirnn gu bheil e gu 'fhionn-lios a thoirt thairis do chinn-each eile, do thuath ni's feàrr, a bheir a thoradh dha ni's feàrr na tha sinne a' deanamh an Albainn.

Tha fhios agam, a phobull Dé, gu'm meas sibhse so 'n a naigheachd chruaidh ; ach tha so agam ri innse dhuibh, ged bhrosnuich sinn e gu 'choinnleir atharrachadh as àite gu tìr eile, agus tha e bagairt so a dheanamh ré tamuill ; gidheadh ged tha fearg 'n a ghnuis tha gràdh 'na chridhe, agus pillidh e riutsa, O Albainn, agus bithidh lathachan co glòrmhor annadsa, O Albainn, 's a bha riamh anns t-saoghal, a dh'aindeoin air uile eas-cairdibh, araon Righ, Comhairle agus Parlament, agus Papanaich mhì-naomh agus mhì-runach ; seadh, agus uile chul-sleamhnachadh pobull Dé, cha chum se e air falbh bho theachd a shealltuinn air a chàirdibh bochd a th'air an géur-leanmuinn an Albainn.

6. Is muinntir mhàrbh sibhse tha dh'easbhuidh

naomhachd cridhe, ged tha aideachadh agaibh, gidheadh cha'n 'eil annaibh ach luchd-aidmheil eu-trom macnusach, neo-chùramach mu chor nan amannan : tha eagal orm gu bheil an diabhol am mòran agaibh, a' goil ann an iodhalaibh agus ann an ana-miannaibh 'ur cridhe. Uime sin, cha'n urrainn na h-uile ministeir a th' anns an t-saoghal 'ur cobhair, anns a chor so, 's e Criosd féin a dh'fheumas 'ur cobhair mar a rinn e do Mhuire Magdalen ; oir tha an diabhol ann am mòran agaibhse co cinnteach 's a bha e innte-san. Ach tha eagal orm gu'n d'fhàg Criosd mòran agaibh agus gu'n do ghabh e a chead do bhur cridhibh, agus gu bheil e coslach a nis nach cronaich e sibh tuille, gus an toir e air a chorruich foisneachadh oirbh : Ach tha so agam ri ràdh, agus cuimhnichibh gun d'thubhairt mi e, sibhse tha dh'easbhuidh naomhaclid cridhe, theid an diabhol do fhlaitheanas co luath ribhse ; co cinnteach 's a tha Dia anns na flaitheanas, chì sibh gu bheil an ni so thuirt mise ribh fior ; ach cha'n 'eil fhios agam ciod a th' agam ri dheanamh 'n ar measg an diugh, oir cha'n urrainn mi math air bith a dheanamh 'n ar measg ; tha e coslach gu bheil an soisgeul 'n a leabhar air a shéulachadh do na chuid is mò do luchd-aidmheil nan tìrean, agus na ginealaich so ; Thug sibh uile mionnan eithich an toiseach ann an aontachadh ri pàpanachd, agus ri dol a dh'eisdeachd nan sagairtean mallaichte, an deigh dhuibh cùmh-nant a dheanamh ri Dia agus mionnachadh dha, agus sibh féin a cheangal ri obair ath-leasachaидh a' chumhnaint sin, agus co fhad sa bhios sibh gun bhròn a dheanamh air son a' pheacaidh sin mar air son strìopachais, adhaltranais, mort no goid, cha dean an soisgeul math dhuibh gu bràth ; guidheam oirbh creidibh so, agus bithidh fios agaibh anns an là sin anns an toir Dia sibh fa chomhair a chàthair bhreitheanais, gu'n chuir an Tighearna mise dh-innse so dhuibh ; fàgaidh mi na nithe so agaibh. Ach air 'ur son-san a tha fulang an Albainn, do'n 'drinn Dia ròghainn chum fianuis a thoirt air a

thaobh, na gillean agus na nigheanan bochd a dh' fhuling air a shon ann an Albainn, a thug e a mach chum nan stòl-chasgairt, tha bhur cor ann an leabhair an Taisbeanaidh, xii. 1. "Bean air a sgeudachadh leis a' ghréin, agus a' ghealach fo a cosaibh." Fhuair an dream a tha fulang an Albainn an saoghal fo'n cosaibh an diugh. Ma dh'iarras e air neach sam bith anns an dùthaich so a dhol a mach agus fulang air a shon, na aicheadh se e ; cha mhòr a thug e a Carric no a Gallobha fathasd, ach cha'n 'eil fhios agaibh ciod a ni e. A phobull Dé, feithibh air gu foighidneach, agus deanaibh seirbhis dha gu coguiseach, oir tha naigheachd agam ri innse dhuibh, sìnidh e mach a làimh air na h-uile tha 'g an géur-leanmhuinn ann an ùine aithghearr, seadh, gearraiddh e as mu dheireadh am fuigheal aca an Albainn, ged a thubhairt iad, mar ann ar bònn-teagaisg. "'S e so an t-òighre, thigibh marbhamaid e, agus glacamaid 'òighreachd-san dhuinn féin." Agus nan robh ar Tighearn Iosa Criod aca an diugh an Albainn, bhuineadh iad gu cinnteach air an doigh cheudna ris : Ach innseam dhuibh gu'n geàrr Dia as sliochd na dream sin is mò tha 'n an naimhdean d' ar Tighearn, agus bithidh an clànn air seacharan, ag iarraidh an lòin, air an deirce, a dh'easbhuidh ni air bith a chòmhdaicheas an lomnochd : Agus is e so am peanas ; cha'n e a mhàin gun tilg an Tighearna bun os ceann iad air son na h-eacoir a rinn iad air, ach cuiridh e comharradh a dhiùmaidh air an sliochd, agus fuathaichidh na ginealaichean ri teachd iad : Ach air 'ur sonsa, a luchd-leanmhuinn bhochd bhrist-chridheach Chriosd, d'an d'thug e gràs gu leantuinn anns an stòirm so, innseam dhuibh gur e gràs glòir aig toiseachadh: Aig 'ur ceud iompachadh, tha ar Tighearn a' toirt dhuibh aon cheann do'n t-sreang, ach tha e cumail a' chinn eile ann an glòir maille ris féin, agus tarruingidh e sibhse uile an sin mu dheireadh.

A nis, guidheam oirbh, na aontaichibh ri aon sam

bith do chumhachan, agus do riaghailtibh nan droch dhaoine so, oir cuiridh iad am mearachd sibh; faicibh Taisb. xiii. Oir is e comharradh an fhiadh-bheathaich iad, tha'n sgriobtuir ag ràdh, Iadsan a tha deanamh aoraidh do'n fhiadh-bheathach agus a' gabhail a chomharraidh air an làimh dheis, no air clàr an eudainn gum feum an cuibhrionn a bhi aca's an loch a ta dearg-lasadh le teine agus pronnusc. A nis, guidheam oirbh na gabhaidh comhairle bho neach air bith dhiubh so aon chuid ministeir no fear-aidmheil, no bho mhaithibh, no uaislibh, oir bheir iad uile a' chomhairle mhearachdach dhuibh. Bitlidh fuil iomadh anain an Albainn air agairt orra. Oir tha ar maithibh agus ar 'n uaislibh mallaichte, seadh, agus mòran mhinisteirean agus luchd-aidmheil air teachd a nis co fhada air an aghaidh, ann an cùl-sleamhnachadh, 's nach gabh iad eagal roimh ni sam bith, tha iad gu h-iomlan air an toirt thairis le Dia: Tha fhios agaibh ciod a tha air a ràdh ann 2 Timoteus iii. 13, "Fàsaidh droch dhaoine agus mealltairean nis miosa agus nis miosa, a' mealladh, agus air am mealladh." Am feadh a tha iad ag dol air an aghaidh 'n an cùl-sleamhnachadh bho Dhia agus 'n a aghaidh. Tha na mairtirich ag siubhal chum an stòl-chasgairt a' seinn, a' deanamh aoibhneis, agus a' cliùth-achadh Dhé a' dol a dh'ionnsuidh glòir, a' fagail fianuis an aghaidh an uile cheuma ain-diadhaidhsan do chùl-sleamhnachaidh, le bhi dòrtadh am fuil neo-chiontachsan, agus a' fagail nan tìrean so ann an cor co eagallach air an là 'n diugh. A nis, 'nuair a tha corruiich co faisg, guidheam oirbh, thug-aibh an aire ciod a tha sibh a' deanamh, oir ann an ùine aithghearr, bitlidh Breatunn agus Eirinn air an tilgeadh bun os ceann le breitheanas, agus air an nigheadh ann am fuil; agus cruinnichear sibh ri cheile coslach ri treud chaorach ri taobh cnuic ann an òidhche stòirmeil, agus sgriosar sibh le corruiich Dhé, a sgriosas am fearann so air-son nan ana-cothroman uabhasach a fhuair Criod ann ar measg-

ne. Tha mise toirt rabhadh firinneach dhuibh, ma theid sibh a dhith, bithidh 'ur fuil, gu cinnteach, air 'ur cinn féin. Nithear sibh 'n 'ur n-Aceldama, 'n 'ur fearann fola: Agus an sin bithidh dà stoirm oirbh còmhla.

1. Corruich Dhé chum 'ur gearradh as.

2. Coguis air dusgadh an leth stigh dhuibh, agus claidheamh fuitteach chum 'ur beatha thoirt air falbh; tha mi creidsinn, gu'm bì iad sin cruaidh ri 'm fulang. O a luchd-aidmheil chùlsleamhnaich na h-Alba, thugaibh an aire cionnus a chumas sibh 'ur gràsan ann an cleachdadhl. Feuchaibh nach bì sibh dh'easbuidh gràis Dé anns an là blàrònach so, agus cuimhnichibh nach dean stoc do ghràs an gnothach dhuibh; tha mi creidsinn, nach mòr agaibh aig am bheil sin féin. Uime sin, thugaibh an aire ciod a ta sibh a' deanamh; oir is mòr an tòmhas feirge a tha 'n a luidhe air Albainn an diugh. Tha spiorad an iompachaiddh air a chumail air ais, tha searmonachadh an t-soisgeil gun toradh, agus cha'n 'eil buaidh le focal an Tighearna: Tha so 'n a chòmharradh gu bheil dian chorruich 'n a luidhe air Albainn, agus air an fhearann so uile an diugh. Tha mise 'g innse dhuibh, nach uilear dhuibh an aire a thoirt do 'ur gnìomharan 'n a leithid a dh'uair bhuaraidh, 'nuair a ta co liúgha luchd-aidmheil a' dol leis an stòirm; oir cha'n 'eil ni sam bith ach còmhnhadh neomheadhonach Dhé bho nèamh a chumas suas sibh ann an osag stòirmeil. Feudaidh Crioduidh a bha na Chriosduidh seasmhach bho chionn dà fhichead bliadhna, a bhi air a chur air a dhrùim, agus Criosd aicheadh ann an aon uair do dheuchainn theinntich; agus feudaidh so a thoirt oirnn uile criothnachadh, agus a bhi air ar n-irioslachadh an làthair an Tighearna. Gu'n tiore Dia sibh bho bhreathanas uainhasach obann, a tha gle lòn-mhor ann ar latha an Albainn. Ach tha naigheachd agam ri innse do na creidmhich bhochd bhris-chridheach, a tha rùnachadh 'n a ainm agus 'n a neartsan seasamh ris an stòirm, tha Chriosd cocean-

gailt ri sibhse chumail suas, 's a tha sibhse ri fulang air a shon-san, 'nuair a ghairmear sibh gu sin a dheanamh. Tha na h-uile thug fianuis air taobh Chriosd bho chionn bliadhna 'ar fhichead, 'n an dhearbhadh soilleir air so, oir chumadh suas iad uile, òg agus sean, gu mòrbhualeach, ni a chur iongantas air na h-uile bha 'g amharc orra agus orra féin mar an ceudna, seadh, ni a dhearbh an neo-chiontas air na h-uile bha ag amharc orra, 's eadhon air cuid do'n luchd-géur-leanmhuinn féin, agus bithidh na h-uile dhiubh 'n am fianuisean n-ar 'n aghaidhs a' chuir ar cùl ris an fhirinn, no chuireas an cùl rithe, agus bithidh iad so 'n am fianuisean seasmhach 'n ar 'n aghaidh gu siorruidh. Seadh, innseam tuille dhuibh-san is ro aingidh agus is lugha càram, nach 'eil boinne do fhùil nan naoimh a' chaidh dhòrtadh an Albainn, ann an lathaibh brònach, trioblaideach, géur-leanmhuinn, agus àmhghar so Shion, nàch bì air iarraidh bho bhur làmhaibh-sa. Is sibhse mortairean nan naomh, agus ar leam gu bheil mòran do 'ur seorsa an diugh an Albainn, áraon daoine agus mnathan, mininsteirean agus luchd-aidmheil bréun neo-chùramach, a sguabas Dia air falbh 'n a chorruich, gu h-aithghearr, co math ri Righ aingidh, mi-naomh, uaislibh aingidh, comhairlichibh mi-naomha, pearsa-eaglais agus eashuigibh mi-naomha, maille ri'n uile iochdaranaibh ihealla, ni Dia crìoch iomlan dhibh gu h-aithghearr: Gu'n luathaich Dia e'n a àm iomchuidh féin.

A chàirdean, tha agam ri innse dhuibh, gu'm bi ath-philltinn an Tighearna chum na tire so uabh-asach, oir tuitidh pobull Dé am measg nan aingidh, air son ar mionnan eithich agus ar giùlain feallsa ris-san 'n a chùmhant: Uime sin, ullaichibh air a shon, oir tha mise toirt ràbhaidh soilleir dhuibh an diugh; guidheam oirbh gabhaidh ris a' shaismeachd, agus tha mi 'g a toirt dhuibh-san a cheann mhuinntir, a tha aig ceann 'ur réise agus ullamh gu dol a steach do'n t-siorruidheachd, agus

gun fhios agaibh c' àit am bì 'ur cairtealan siorruidh. O nach uabhasach so ! ciod a thig dhibh ? a' dol an coinneamh a' bhàis as eugmhais a bhi réidh ri Dia.

Cuimhnichibh am focal a dh 'ainmich mi dhuibh anns an Eabh. xii. "As eugmhais naomhachd cha'n fhaic neach air bith an Tighearna." Gidheadh, a chreidmhichibh bhochd, bhrist-chridheach, mar a thuirt mi ribh roimhe, cha'n e a leithid do thomhas naomhachd 's a bh'aig Enoch, Abraham, Maois, agus Daibhidh, no bh'aig aon do na saoi mhòra sin, a tha e 'g iarraidh uaibh-sa :—ach tog-radh gu naomhachd agus ùnchlachd a thoirt do dh'-innleachd na slàinte anns an t-soisgeul. A nis, thugaibh an aire gu'n dùblaich sibh 'ur dìchioll, agus nach tig sibh a dheidh-làimh air gràs Dhé ann an uair dhùbh an dorchadais so, a thàinig, agus a tha fathast gu teachd air Albainn ! Oir is eagallach agus is uabhasach an roimh-chomharradh bho Dhia gu'n chur e, gu h-inbhe bhig, as solasaibh na h-Alba anns an àm chunnartach so. A nis, mar a dh'-fheumas sibh freagairt air a shon aig an là mhòr ghuidhinn oirbh gu'n cuimhnicheadh sibh air na priosanaich anns gach priosan an Albainn, agus gabhaibh togail chridheil maille riu 'n an amhgar-aibh cruaidh-chàsach.

A muinntir òga, ghuidhinn oirbh a bhi coguis-each ann an dhùnadhbh ris-san ; O, arsa sibhse, tha sinne òg agus tha ùine ni's leoir againn gu aithre-achas a gabhail ; ach innseam dhuibh, cha ruig an Tighearna leas slat air bith eile chum sibhse smachd-achadh, ach cead a thoirt dhuibh a bhi beò deich bliadhna fichead, no dà-fhichead, no tri-fichead, no tri-fichead agus a deich do bhliadh-nachan anns an t-saoghal so, agus an sin ma bhuanaicheas sibh aineolach, tilgeadh e do dh'iffrinn sibh, uime sin thugaibh an aire dhuibh féin. A nis, a chàirdean, tha'n Tighearn a' deanamh cabhaig chum teachd, agus bha e glaodhach ribhse anns na tìribh so, agus eadhon riutsa, Albainn uaibhreach, faire dheanamh

maille ris-san aon uair a mhàin 'n a fhulangasaibh agus 'n a bhuaibh, ach cha d'rinn sibhse sin : Ni air son am bì thusa, O Albainn, air do dheanamh a' d' chusbair d'a chorruich ann an ùine aith-ghearr ; ach cha téid Sasunn agus Eirinn mheadh-bhlath agus chaoин-shuarrach as, ach ólaidh iad as deasgannan cùpain a chorruich. Ach gu cinnteach, 's e fuil an fhuigheil a th'air an géur-'leanmhuinn a chàidh a dhòrtadh a chum fianuis a thoirt an aghaidh meallaidean, is fearr a labhras riut.— O Albainn, theid fuigheall dhibh as, agus bithidh iad 'n an cusbairean d' a throcair anns na tuiltibh de chorruich a tha gu teachd air na tìribh so. Seadh, théid am fuigheall as aig an robh co'fhlang r'a obair bhriste-san, ann an Sasunn agus ann an Eirinn mheadh-bhlath ; ach tha eagal orm gu'm bì an àireamh tearc. Mo chàirdean, b' àill leam impidh a chuir oirbh leis na nithibh so, agus tha 'm focal eagallach so agam ri innse dhuibh, nach robh làn cho'thional co cudthromach do mhinisteir firinneach bho chionn deich bliadhna fichead, ri aon fhearaidmheil an diugh. Tha eagal orm gu'n d'thubhairt an Tighearna mar ann an Ier. xiv. 11. " Na guidh as leth an t-sluaigh so : iadsan a ta air son bàis a chum bàis ; agus iadsan a ta air-son a' chlaidh-eimh, a chum a' chlaidheimh ; agus iadsan a ta air-son na gorta, chum na gorta," &c. Agus ni Dia dìoghaltas air na tìribh cùl-sleamhuachaидh so, agus gu h-àraid ortsa Albainn strìopachail, oir cha téid a h-aon as bho'n Righ gus an diol-deirce ; uime sin, O phobull Dé, teichibh gu luath do 'ur seomraichibh, mar chì sibh ann an Isa. xxvi. 20. Oir tha eagal ormsa nach bì fasgadh ann gu h-aith-ghearr.

Innseam tuilleadh dhuibh, tha eagal orm mu'n téid an stoirm thairis, gu bheil an là a' teachd air an fhearrann so anns am bì stoil-chasgairt fhuilteach air am meas 'n an deadh fhasgadh :—Uime sin, a phobull Dé, creidibh na nithibh so, agus gabhaibh gu cridhe iad ; oir còmhluichidh sibh riu mu'n téid an

t-ionlan thairis. A nis, a phobull Dé, tha so agam ri innse dhuibh mar an ceudna, gu'm bu chòir dhuibh uile bròn a dheanamh, air son gur ann le treabhadh le ar agha-ne féin, a fhuair nàimhdean Dé an Albainn, riamh ar bristeadh mar fhuair iad : bhrist iad Eaglais Dhé an Albainn, agus dhìothaich iad sinn uile leis an droch shaorsainn aingidh agus iodhal-aorach so : ach innseam dhuibh, a dh'aindeoin gach innleachd a dh'fhògluim iad bho 'm maighstir an diabhol a chum co liugha ministeir agus fear-aimheil a tharruing 'n an deigh air son fasgadh peacach, sguabaidh Dia air falbh iad anns an tuil do chorruich a th' aig an dorus. Sguabaidh e air falbh araon càirdean agus nàimhdean : ach innseam dhuibh, brisidh ar Tighearn iad le'n crànn féin, oir 's maith is urrainn e sin a dheanamh, agus nì se e an Albainn gu h-aithghearr, brisidh agus sgriosaidh e iad co ionlan 's gu'm bì fuigheall Bhaail fathast gràineil ri bhi air an ainmeachadh an Albainn, no ann an aon air bith do na dutchanan so ; tha mi ciallachadh gu'm bì iodhal-aoradh, agus uile bhathar pàpanach na Ròimh air an sguabadh air falbh le fuil nan naomh a chaidh a dòirteadh, agus a tha gu bhi air a dòirteadh an Albainn, agus anns na tìribh so a cheangail ann an cùmhnan mu'n téid an stòirm thairis, agus an sgur an Tighearna dhinne, agus eadhon annad sa. Albainn, cheannairceìch.

Ach 's glòrmhor na lathachan a bhios fathast annad-sa, O Albainn, a dh'aindeoin air diabhol-aibh agus air daoinibh aingidh, seadh, a dh'aindeoin air gach uile ar-amach, agus tuiteam air falbh do'm bheil pobull cùl-sleamhnachaidh Dhé ciontach. Cha'n urrainn iad éis a chuir air, 'nuair a philleas an Tighearna. Uime sin, cuiream mar fhiachan oirbh so chreidsinn, a phobull Dé ; oir ni e còmhnanadh ribh gu bhur cridhibh fànn a neart-achadh anns an stòirin so a th' agaibh ri dhol troimhe.

A chàirdean, tha fhios agam nach 'eil e aon chuid ecart, no dligheach do mhinisteir no do Chriosduidh

air bith an Albainn na raointeán fhàgail, agus co' aonachadh ri muinntir eile ann an tighibh a ghabhail gu searmonachadh annta. A chàirdean, b'fheàrr dhuinn uile a' dhol do'n raon ri reothadh agus ri sneachd gu ar glunaibh, gus am bitheamaid fluch gu ar craicinn, mu'n sleuchdamaid aon chuid do'n Righ, do'n chomhairle, no do h-aon aca : Oir tha fhios agam, nach beannaich an Tighearna saothair a h-aon diubhsan aig am bheil an saorsainn uatha-san, co dhiubh is ministeir no fear-aideachaidh e ; ach bithidh seargadh air na ministeiribh agus air an luchd-aideachaidh sin, agus bithidh an saothair seartga agus neo-thorach, agus mar 'eil an anaman ann an cunnart, tha mis' am mearachd; is e so priomh phùinc ar teisteis-ne, gur e Criod ceann na h-Eaglais, agus an Righ ann an Sion ; agus tha iadsan ag aicheadh so uile ; agus thugaibh féin breith, mar 'eil so na ni eagallach agus cunnartach, aontachadh ri crùn Chriosd a chuir air ceann Righ air bith a th' anns an t-saoghal ; agus is e so am peacadh a sgriosas na trì Rioghachdan so fathast ; cha téid inbhe sam bith as bho'n Righ gus an diol-deirce ; fuiligidh Ministeirean agus luchd-aid-eachaidh agus na h-uile inbhe agus seòrsa anns a' bhreitheanas ; oir pheacaich na h-uile. Lean a mhòr chuid slighean peacach chuin fulang a sheachnadh ; ach gabhaidh an Tighearna na nithe so agus ni e innealan agus meadhonan dhiubh gu peanas eagallach a dheanamh oirnne ; an sin fuiligidh sinn le droch coguis ann am meadhon an stòirm, a tha eagal orm a bhios ni's uabhasaiche na's urrainn mise labhairt air no sibhse smuaineachadh mu thimchioll aig an àm so.

Uime sin, ann an ainm an Tighearna, guidheam oirbh na nithe so a' ghabhail gu cridhe, agus deanaibh uile caoidh an làthair an Tighearn air son peacanna antromaichte na h-uile inbhe, bho'n aon is àirde gus an aon is isle ; agus saothraichibh gu doilghios iomchuidh air an son a bhi air 'ur cridhibh an làthair an Tighearna : Oir bithidh iomadh ceist

éagallach aig Dia gu cuir dhachaidh air 'ur coguisibh nach urrainn sibh a fhreagairt: Air mo shon féin, ar leam, gur sonadh iadsan aig am bheil an suilean air an dùnad, agus nach fhaic an t-olc a tha teachd air na trì Rioghachdaibh so.—'S gànn a gheibhear anns a' Bhiobull, focal Dé, coimeas da; ni mò is urrainn a ghinealach roimhe so, no ghinealach a th' ann an diugh, sàmhlaidh ar peacaidhean a ghleidheadh; uime sin, gabhaibh na nithe so gu cridhe. Tha na h-Eaglaisean ann an tìribh céin a' fanoid oirnne an diugh; uime sin, fàgaidh mi na nithe so agaibh, agus gu'm beannaich an Tighearn iad dhuibh; oir tha eagal orm gu'm bì gnothaich againn uile ris, mu'n téid an stòirm thairis, ris an còmhlúich sinne gu cinnteach anns na tìribh so. Deanamaid ùrnuigh.

SEARMON II.

"Ach bha dùil againne gum b' esan an Ti a bha `gu Israel a shoradh."—*Lucas xxiv. 21.*

A chairdean, c'ait am bheil Eaglais Dhé an Albainn an diugh? Cha'n ann am measg nam ministeirean mòr a tha i. Innsidh mise dhuibh c'ait am bheil Eaglais Dhé; ge b'e àit am bheil duine no bean ag ùrnuigh ri taobh dig an Albainn, 's ann an sin a tha'n Eaglais. Cuiridh luchd na h-ùrnuigh as dhoibh fathast. Theid luchd na h-ùrnuigh troimh na stòirm. Ach cha'n aithne do dh' iomadh agaibhs' anns an dùthaich so na nithe so.—Cha'n 'eil àmhaghair Eaglais ioma-ruagta Dhé ann an Albainn a' cur trioblaid air bith oirbhse. Is mo chuireas càll bò, àinmhidh no dhà, no droch là

féille, do dhoilghios air bhur eridhibh na uile àmhgharan Eaglais Dhé an Albainn. Uime sin mata, anam bhochd a tha rùnachadh a leantuinn, bì 'g ùrnuigh gu dian ; oir ged nach biodh ann ach a h-aon agaibh. 's e 'n Tighearna féin an dara h-aon ; ged nach biodh ann ach dithis agaibh, 's e féin an treas aon. Cha ruig sibh a leas eagal a bhi oirbh, gu'm bì sibh 'n ar; n-aonar bithidh ar Tighearna féin 'n a chuideachd dhuibh ; irioslaichidh se e féin dhuibh co iosal 's is àill leibh ; seadh, bithidh e mar sin dhuits' a tha rùnachadh a leantuinn anns an osag dhoinionnach so, a tha seideadh an diugh air Eaglais bhochd-san an Albainn.

Ach tha cuid dhibh a thàinig an so an diugh, a ruitheas an ath là, 'nuair nach fhaigh sibh cionneamh do'n ghné so, a dh' ionnsuidh bhur luchd-tuarasdail a rithist. A chàirdean, thugaibh an aire, na dean-aibh fanoid air Dia ; treòraichidh na ministerean so, a ghabh ris an t-saorsa pheacach, sibh air falbh bho Chriosd co math ris na sagartaibh. O an tarruing shuarrach a tha'n Eaglais a' faotuinn bho mòran do na ministereiribh an Albainn ann ar latha-ne. Bho chionn sè bliadhna deug thar fhichead, bha àireamh mhòr do mhinisteiribh agus do luchd-aidmheil aig ar Tighearn an Albainn ; ach sheid aon osag sè ceud do ar ministereiribh uaithe còmhladh ; agus cha do phill iad riamh tuille air an ais dha ionnsuidh ; seadh, lean iomadh Morair, iomadh Tighearn, agus iomadh Bain-tighearn, e an tràth sin ; ach sheid gaoith na doinionn riomhachas nam Bain-tighearnan araon 'n an sùilibh agus 'n an cluasaibh, ni a dh' fhag iad araon dàll, bodhar, agus cha bu léir dhoibh Criosd a' leantuinn, na 'ghuth taitneach a chluinn-tinn riamh uaithe sin. Chaidh an t-ionlan do na Morairean, do na Tighearnan, agus do na Bain-tighearnan a sheideadh thar a sgeir. Mo thruaighe ! air son cùl-sleamhnachaидh Mhorairean, uaislean, mhinisteirean, agus luchd-aideachaidh na h-Alba ; ruithidh Albainn gu h-aithghearr 'n a sruthanan fola ; seadh, bithidh mòran do dh'fhuil nan naomh

air a dortadh innte, gu h-aithghearr ; ach bithidh ful nan naomh fathasd 'n a siol do dh' Eaglais ghlòrmhoir an Albainn. O ! a chairdean, ciod a tha sibh a' deanamh 's an duthaich so ? Thug luchd-leanmhuinn Chriosd ann an Srath-chluaidh ud thàll ionnsuidh chiatach air taobh Dhé, agus thug iad fianuis làidir, loisg iad reachdán agus achdan na parlamaid mhallaichte. Bha bàintrach bhochd mhna anns an dùthaich sin, 'nuair a thàinig mise troimpe, a b'fhiu mòran agaibh-sa, chaithdhaighneachd rithe, cionnus a bha i anns an ainsir olc so ? " Tha fior mhath, (ars' ise) tha mi faotuinn ni's mo dh'-fheum 'san àm so do aon earrainn do'n Bhiobull, na bha mi faotuinn ann uile roimhe so : thilg e iuch-raichean na cuile do m' ionnsuidh, ag iarraidh orm mo shàth a' ghabhail." Nach bu Bhana-Chriosd-aidh i sin da rìreadh ? O ! a chairdean, b'fhearr leam gu'n d' thugadh sibh an aire ciod a tha sibh a' deanamh, 'nuair a tha ful nan naomh a' sruthadh co pait.

A nis, a chairdean, 's e so an ni do'm bu mhath leam sibh an aire ghabhail agus a thoirt dhachaidh leibh, eadhon, gur e'n còmhnuidh a bhean no'n duine sin dha'n d'rinn Dia math tearnaidh a leanas e ann an stòirm. 'S aithne dhuibh, a phobull Dé, am Muire Mhagdalen mu'm bheilear a' labhairt anns a chaibdeil so, gu'n chuir e legion do dheamhnaibh a mach aiste ann an aon mhaduinn : agus ar leam nach do dhì-chuimhnich i an gnìomh math sin, gus an d'rainig i glòir. An saoil sibh nach robh a cridhe goirt a mhaduinn sin a dh-ionndrainn i e, agus a fhuair i 'n uaigh folamh. O ciod a shaoileadh sibh nam faiceadh sibh am boirionnach bochd so a' ruith troimh na cuid-eachdan shaighdearan ? Ach cha b'e sin an ni a bha cuir trioblaid oirre ; ni mo a b'e am freiceadan Romanach a bha mu'n cuairt do'n uaigh, no a chloich thròm a bha air a beul, no a bhinn bhàis a thugadh an aghaidh neach air bith a bheanadh rithe ; cha b'e, cha b'e, a chàirdean, tha gràdh do

Dhia a' dol an taobh thàll dha sin uile ; b'esan a Tighearn, agus cha b'urrainn d'i bhi as easbhuidhsan.—S e'n ni a b'aill leam sibhse fhòghlum uaithe so, ma's e 's gu'n d'fhuair sibh math o Iosa Criod, rachadh sibh troimh ifrinn air a' cheud tarruing gu bhi maille ris. O ! a chairdean, 's e 'n dream a dh'fhuiling air son Chriod an Albainn is feàrr aig ami bheil fios air so an diugh. Gu cinnt-each chòmhluich iad ri fairge ghaileabheach, dhoinionnach, ach bhuanndach iad caladh taghta agus taitneach, agus Ceannard an slainte 'n sin gu làn di-beatha shuilbheir a thoirt dhoibh dhachaidh. O ! a chairdean, bha àireamh do ghaisgich oirdheire aig Criod an Albainn bho chionn ghoirid, a chuir an trompaid ri 'm beul, agus a thug rabhadh dileas 'n a ainm. Bha Uelsh, Uellwood, Camshron, agus Cargil aige; bu bhuidhean oirdheire iad, a' chuir an céill ainm an Albainn. O ! a chairdean, nam b'urrainn duibh a bhi air 'ur gabhail a' steach gu'm faicinn agus gu labhairt riu, dh'innseadh iad dhuibh nach 'eil ach neo-ni ann am fulang air son Chriod. Tha iad uile a' dealrachadh co boillsgeant a nis ann an glòir, 's gu'n cuireadh iad eagal oirbh, nam faiceadh sibh iad an so le 'n trusganaibh geala, le 'n crùintibh glòrmhor, agus le pálmaibh 'n an lamhaibh. Leanaibh e gu dileas, ma ghairmeas e sibh gu fulang air son ainme. Ach ciod a their mi ? Cha'n aithne do'n mhòr chuid agaibh ni sam bith mu'n chùis so ; cha burrainn duibhse tha'n 'ur luidhe ann an staid dhubb, dhuaichnidh nàduir, fantuinn ann am flaitheanas, ged a bhiodh sibh innte. Cha b'urrainn, bheireadh sibh mìle saoghal nam biodh iad agaibh, a chionn faotuinn aisd' a rithist.

A chairdean, innseam naigheachd dhuibh ; is sonadh iadsan a fhuair gu h-iomlan troimh na stòirm, bho na bhliadhna 1660. Is sonadh iadsan a fhuair troimhe aig Pentland, aig Bothbhel, agus aig Airs-moss. Is sonadh iadsan a bhàsaich air na stoil-chasgaire, air na croichibh, no air na

cùaintibh. O bithidh fuil nan naomh fathast 'n a siol do'n Eaglais an Albainn. Innsidh mi tuille dhuibh, a chàirdean ; thugaibh an aire ciod a bheachd a th' agaibh mu'n timchioll-san a dh' fhuiling ; thugaibh an aire nach 'eil sibh a' smuain-eachadli gu'n d' fhuiling iad clì ; na d' thugaibh àite do dh' éudach no do smuaintibh an-iocdhdmhor mu chor pobull Dé, 'n an cruaidh fhulangais ; d'an taobhsan fhuair iad troimh na stòirm, agus chaighd iad troimh Iordan aig traoghadh an uisge, agus fhuair iad sàbhailt thairis ; ach gheibh sibhs' a mhinisteirean agus a luchd-aideachaidh na h-Alba, (co math ris a bhuidhean mhi-naomh,) a tha fathast ri dol troimh na stòirm, cùan doinionnach, agus uisge Iordain aig atadh agus gle dhuilich a dhol troimhe.

Ach gu teachd a chum nam briathra, tha mi a' smuaineachadh gu'n robh ar Tighearn aoibhinn, air son an co' labhairts' a chluinntinn eadar an dithis dhaoine bochd so. Is iomadh neach a bhios a' farraid na slighe is feàrr is aithne dha ; an saoil sibhse gu'n robh ar Tighearn aineolach air a chòmhradh so mu'n d' thàinig e dha'n ionnsuidh. Cha robh, ach dh' fharraid se riu e a chuir deuchainn air an éud. Tha mi a' smuaineachadh gu'n robh eu-creidimh gle làidir anna-san, mar a ta e ann an iomadh fear-aideachaidh an Albainn an diugh. "Bha duil againne ars' iadsan, gu b' esan an Tì a bha gus an rioghachd ath-aiseag do dh'-Israel." Tha mi a' smuaineachadh, gu bheil mòran an Albainn a' cur an teagamh an e obair an ath-leasachaidh, agus nan cùmhnant an a mhionnaich sinn le làmhaibh togta suas, obair Dhé no nach e. Agus is e 'n ath ni a chuireas sibh an teagamh, am bheil fior obair Dhé, no nach 'eil, ann 'ur 'n uchd féin. A phobull Dé, bithibh air 'ur faicill roimh aicheadh air Dia ; ni bhur 'n aicheadh air Dia agus bhur n' eu-creidimh gu h-olc oirbh ; bheir iad oirbh obair Dhé ann bhur cridheachaibh féin a' chuir an teagamh ; agus cha bhi an teagamh sin 'n a dheadh

chuideachd anns an stòirm a tha coslach ri bhur còmhlichadh gu h-aithghearr anns na tìribh so. Uime sin, a chàirdean, is iomadh crànn a tha treabh-adh an diugh air fearann ar Tighearn an Albainn ; ach gu h-aithghearr fuasglaidh e cuid dhiubh, agus gearraidh e an cùird, agus taisgidh e iad ré tainuill. “ Tha an Tighearna cothromach : gheàrr e bho cheile cùird nan aingidh.”

A nis, a chàirdean, ciod a chum suas iadsan a dh'fhuiling air son Chriosd an Albainn an dà bhliadhna thar fhichead so a chaidh ? Chum comh-chomunn 'fhlolangais, Philip iii. 10. Agus a bhi coilionadh fulangasa Chriosd an Albainn, a réir òrduigh aosda nam flaitheanais. Air mo shon féin ma their e rium dol agus fulang air a shon, cha'n 'eil mi 'g iarraidh tuille. Bho 1660, gu 1666, bliadhna Phentland, dh'iarr e air mòran a dhol agus fulang air a shon air stòil-chasgairt agus air croich-ibh, cha d'iarr iad tuille ach ughdarringsan, chaidh iad, agus thug esan gu tearuinnte troimhe iad. Ann an 1666, bliadhna Phentland, dh'iarr e air na h-uiread so a dhol gu raon a' chath agus bàsachadh air a shon-san, agus air mòran a dhol gus na stòil-chasgairt agus am beatha a leigeadh sios air a shon-san ; cha d'iarr iad tuille ach ughdarringsan, chaidh iad, agus thug e gu cliuiteach troimhe iad. A rithist, ann an 1679, aig Bothibhel, dh'iarr e air na h-uiread so a dhol gu raon a' chath agus gus na stòil-chasgairt agus bàsachadh air a shon-san ; cha d'iarr iad tuille ach ughdarringsan, agus chaidh iad. Dh'iarr e air na h-uiread so a' dhol a chum nan cùaintibh, gu bhi 'n am biadh do na h-iasgaibh air a shon-san ; cha d'iarr iad tuille ach ughdarringsan, agus chaidh iad. Agus an deigh sin ann am bliadhna 1680, aig Airs-moss, dh'iarr e air na h-uiread so a dhol gu raon a' chath agus gus na stòil-chasgairt air a shon-san ; cha d'iarr iad tuille ach ughdarringsan, agus chaidh iad. Thàinig cùpan an fhlolangais so a nuas na h-uile céum bho Abel gus a bhliadhna-so, 1685, an Albainn. Ge b'e

àite 's an robh Eaglais aig ar Tighearn anns an t-saoghal, chum e an cupan so ri ceann nan uile dh'fhuiling ; bhlaic na mairtirich uile dheth, agus theid e ri beoil na h-uile mairtireach a dh'fhuilingeas air son Chriosd, eadhon gus an sèirm an trompaid dheireannach. Gidheadli, a phobull Dé, cha'n 'eil na naoimh gu blasad ach do uchdar ; ach bithibh-se foighidneach ann an creidsinn, oir bheir Dia air na h-aindiadhaich 'ur luchd-geur-leanmluinn-sa agus a nàimhdean-san an Albainn, gu'm fàisg iad deasgainnean searbh a chùpain so troimh 'n uile shìorruidheachd, agus gu'n sgeith, agus gu'n tuit iad, agus nach éirich iad ni's mò. Creidibh e, cuiridh ar maighstir-ne seachad an cùpan so, agus dúnaidh se e, agus sluigidh e suas ùine ann an sìorruidheachd, agus seididh e an trompaid mhòr sin, agus an sin théid neàmh agus talamh nan caoribh dearg còmhladh. O ! a chreidmhiche, bitheadh fadachd oirbh air son an latha urramaich sin ; oir cuiridh e crìoch air 'ur n-uile laithean doilghiosach do dh' fhulangas. Tha cuimhne agam air earrann do bheatha Righ mòr, a chaidh thar cùaintibh gu cath, agus an uair chunnaic e co lionmhor 's a bha 'naimhdean, oir bha àireamh am feachd fada os ceann àireamh 'fheachd-san, thubhairt e ri Ard-cheannard, " Ciod a ni sinn ? is lionmhor iad gu mòr na sinne." Fhreagair a Cheannard, misneachail treubhach ; " Cogaidh sinn fo blirataichibh ar nàimhdean, agus bheir sinn buaidh orra." Agus is amhuil a rinn iad. Mar sin cogaidh na fianuisean urramach a tha fulang air son Chriosd, gu gaisgeil agus gu tréubhach, fo sgàil an luchd-geur-leanmluinn, agus mar sin bheir iad buaidh orra. Gu cinuteach cheannsaich Iosa Criosd, Ceannard urramach ar slàint-ne, an luchd-geur-leanmluinn fulteach so an Albainn, na cùig bliadhna thar fhichead so chaidh, rinn e buaidh chaithream ni bu ghlòrmhoire os an ceann, ni's mò le fulangas foighidneach nan naomh, na ged bhuaileadh e sios uile iad ann am momeint ;

seadh, tha fulang foighidneach nan naomh le 'm fuil a' sruthadh a' cur an céill a ghlòir-san gu mòr air feadh an t-saoghal, agus gu h-àraid anns na tìribh so. Tha cuimhne agam 'nuair a thàinig mi troimh an duthaich, gu'n robh banntrach bhochd mhna, aig an do mharbhadh a fear-posda ann an cath Bhothbhel, agus 'nuair a thàinig na saighdearan fùilteach a chreach a tighe, thuirt iad rithe gu'n d'thugadh iad leo na h-uile sòn a bh'aice, 's nach fhàgadh iad ni sam bith aice, aon chuid gu ith, no gu chuir ùimpe : "Cha'n 'eil umhail agam ars' ise, cha bhi uireasbhuidh ormsa co fhad 's a tha Dia anns na flaitheanas." Bu bhan-chreidmheach i sin da rìreadh.

Ciod am boirionnach e bh'ann am Muir Magdalen, mu'n do labhair sinn a cheana, mu'n do chòmhluich Criod rithe? Ged bu mhòr a thug esan a ghràdh dh'i, tha sinn a' léughadh ann an eachdraidh, mu'n do chòmhluich i féin agus Criod, gu'n robh i'n a strìopach do Cheannard caisteil Ierusalem. 'S e so an teagastg a b'àill leam sibh fhòghlum uaithe so, a dh'aindeoin co olc 's a bha am boirionnach so, feudaidh sibh fhaicinn gu'n do shuidhich Criod a ghaol oirre, agus cha bhiodh e dheth h-easbhuidh, agus a nis tha sibh a' faicinn gu'n do lean i e ann an stòirm mhòir: b'fheàrr leam gu'n d'thugadh sibh an aire dha so, nach 'eil saor ghràs ag amharc air pearsaibh seach a cheile : Cha tilg Dia air falbh a' chuid is miosa agaibh-sa, a tha 'n 'ur naoimh, agus a leanas e san stòirm, rinn e gnìomh co math dhuibh 's a rinn e do Mhuire Mhagdalen ; ged nach robh sibh da rìreadh air 'ur sealbhachadh le diabhol mar bha ise, gidheadh bha àrd iodhal, agus ana-miann òillteil air chor-eiginn agaibh a bha ri buaireas an taobh a stigh dhibh, a bha 'g ar sàrachadh gu goirt, agus rinn esan còmlìnadh ribh aon chuid le'n tilgeadh a mach, no le'n ceannsachadh : Uime sin, is còir dhuibh a nis a leantuinn, agus cumail dlù ris anns an osag dhoinionnach so an Albainn an diugh.

Ach ciod i bhur barail-sa mu na mhuinntir mhòr, mu na Morairibh, mu na Tighearnaibh, agus mu na Ban-tighearnaibh, an Albainn an dràsd? Cha b'fhada bha'n stòirm 'g am fùadach bho Chriosd. Innseam dhuibh co ris a tha mhuinntir mhòr an Albainn coslach, tha iad coslach ris na h-uiread do Bhain-tighearnaibh a rachadh air là ciùin a chum na fairge ann am bàta air son toilinntinn dhoibh fein; agus co fad 's a bhiodh an là ciùin, agus a chitheadh iad tìr, agus gu'n eagal cunnart orra, dh'iarradh iad air a' mhairiche iomradh a mach ni b'fhaide; ach 'nuair a dh'eireadh a' ghaoth, agus a thòisicheadh na tùinn ri at agus rì béuchdaich, agus a chailleadh iad an sealladh do thìr, an sin ghlaodhadh iad a mach, "dean cabhag agus pìll air t-ais leinn gu tràigh a rithist." Mar sin lean muinntir mhòr na h-Alba uile, araon Mòrairean, uaislean, ministeirean, luchd-aideachaidh, agus na h-uile inbhe, dlù ri ar Tighearna 'nuair a bha ghaoth dìreach leis, ach aon uair 's gu'n do thòisich an stòirm ri seideadh 'n a 'aghaidh, cha mhòr nach do chuir iad uile cùl ris, agus theich iad a chum na traighe a b'fhaisg orra a rithist. Ach, a phobull Dé a th'air 'ur géur-leanmhuinn, ma's e's gu'm feith sibhse gu foighid-neach ré tamuill, bithidh Dia an àirde ris a' mhuinntir mhòr-chùiseach so uile gu h-aithghearr. O, a chairdean, cha mhòr Uriah a th'ann 'n ar laithibh-ne: Cha choidleadh Uriah urramach 'n a leabaidh 'nuair a bha pobull agus airc Dhé anns na raointibh: Tha an leithid sin a dhaoine tearc ann ar laithibh-ne, ni a bhios soillear ri fhaicinn mu'n téid an stòirm uile thairis. Tha mi 'g innse dhuibh, a chairdean, cha'n 'eil fois gu bràth math air son Eaglais agus pobull Dé; oir tha fein-fhiosrachadh aig Eaglais agus pobull Dé air, gur ann fo na géur-leanmhuinnibh is géura is feàrr a chinneas iad. Le iomadaidh fois rinn Daibhidh urramach droch ghnìomh air maduinn àraig; b'fheàrr dha gu'n robh e 's na raointibh

ré na h-oidhche sin ; cha'n e a mhàin gu'n d'rinn
 e adhaltranas, agus mort a mhaduinn sin, ach
 shaoil leis gu'n cuireadh e a leanabh adhaltranach
 air Uriah urramach ; tha aon droch gnìomh an
 còmhnuidh a' deanamh rathadh do dhroch gnìomh
 eile : 'S ann mar so a tha tachairt do na Chléir
 mhòr againne air an là'n diugh, na mealltairean
 gràineil a tha iad ann. Theid mis an urras gur e
 so dòigh mòran do na ministeirean mòra ; na
 h-uile droch gnìomh a ni iadsan, cuiridh iad uile
 iad as leth a' Bhiobuill, agus ni iad an còmhnuidh
 am barandas do'n Bhiobull ; tha chléir agus a'
 chomhairle uile a' deanamh an dearbh ni so,
 eadhon, an uair a tha iad a' dìteadh naoimh Dhé,
 agus 'g am marbhadh air son a bhi 'g aideachadh
 aobhar agus cùmhnantan Iosa Criod, agus air
 son uachdranachd rioghail-san aideachadh an Alb-
 ainn, a thug na mealltairean truagh so uaithe,
 agus a dh'aontaich gu'm biodh e air a thoirt uaithe
 anns na tìribh so air an là'n diugh ; tha mi 'g
 ràdh iadsan a tha deanamh so, eadhon a' chomh-
 airle, na sagartan, agus an dream a ghabh ris an
 droch shaorsa, tionndaidh iad an àirde am Biobull,
 agus their iad gu bheil barrandas aca uaithe-san
 gu sin a dheanamh ; ach tha iad 'g am mealladh
 féin, agus a' deanamh fànoid air an Tighearna le sin
 a dheanamh, ni air son an dean an Tighearna
 dioghaltas orra gu h-aithghearr. Ach innsidh mi
 dhuibh cionnus a tha iad a' deanamh ris a Bhio-
 bull, tha ceart mar ni na saor-luingeas ris na clàir
 mhòr 'nuair a bhios iad 'a togail luinge, cuiridh
 iad anns an teine iad, agus lubaidh siad iad a chum
 an fheum is miann leo : Ach na deanaibh-sa
 mar sin, fàgaibhs' am Biobull anns an luidhe's na
 chuir Dia e ; agus mar bharandas dhuibh air son
 sin, faicibh Taisb. xxii. "An neach a chuireas ris,
 no bheir uaithe," &c. Faicibh ciod am binn a tha
 Spiorad Dhé a' toirt a mach 'n a aghaidh. O an
 cul-sleamhnachadh eagallach a dh'aobharaich e
 an Albainn gu'n bhi toirt an aire gu ceart do na

nithibh sin, bho thòisich an stòirm uamhasaich air seideadh air an Eaglais bhochd. O a liuthad cealgaire graineil a thug Eaglais na h-Alba mach ; is cloinn màthar iad, ach cha chloinn athar iad ; na diolanaich thruaillidh, tha iad a nis a' réubadh feòil am màthar le'm fiaclaibh agus le'n làmhaibh ; agus O nach mi-ghnéitheil an ni sin ? Ar leam nam biodh màthair neach air bith againne 'n a luidhe air leabaidh a bàis, nach bu neo-chaoimhneil dhinn ruith air falbh agus a fàgail, nach e bu bhàigheile dhuinn fuireach agus a ceann a chumail an àirde 'nuair a bhiodh i a' bàsachadh ? Ach gu cinnteach cha d'rinn ar ministeirean agus ar luchd-aideachaidh ann an Albainn an ni sin ; theich iad agus dh'fhàg iad am màthair a' bàsachadh ; theich iad gu àitean eile air son fasgaidh ; theich iad fo thearmuinn na droch shaors' a fhuair iad bho'n Righ ; agus theich iad gu rioghachdan eile air leithsgeul an soisgeul a shearmonachadh : Ach a dh'innse na firinn, tha eagal orm gu'n can Dia mu dheireadh, gur ann air son bìdh agus eudaich, agus a sheachnad fulaing air son Chriosd a rinn mòran dhiubhsan sin ; ni air son am fuiling moran aca gu goirt mu'n teid an stoirm uile thairis : Bha obair ni bu leòir aig a' bhaile dhoibh ; bu chòir dhoibh fantuiun aig an dachaidh maille ri 'm màthair a bha bàsachadh. O ! a Shasuinn agus Eirinn neo-chùramach, tha là bhur dioghaltais-sa a' deanamh dian chabhaig bho'n Tighearna.

Uime sin, faicibhs' a ta fulang air son Chriosd ann an Albainn, ciod a tha Daibhidh urramach ag ràdh, Salm xvii. 15. Bha aig Daibhidh righ-chathair, agus uiread do bheartas, do shocair, do dh' onoir, agus do thoil-inntinn, 's a tha aig a h-aon dhiubh-san ; agus tha'n Tighearna 'g ràdh ris, thug mi thu bho bhi leantuinn nan caorach a bha tròm le h-àl : thug mi dhuit toilinntinnean, righ-chathair, rioghachdan, agus, uachdranachd os ceann do nainhdean ; agus ciod tuille a b' àill leat ? arsa Dia ri Daibhidh. Tha sin uile fior, a Thighearna, arsa

Daibhidh, fhuair mi sin, ach cha'n iad sin uile mo chuibhrionn ; cha d' thugainn adharc gaibhre air an iomlan dhuibh sin, ann an coimeas ris an taitneas urramach a bhios agam ann am madainn na h-aìs-eiridh. "Sàsuichear mi 'nuair a dhuisgear, mi le d' chosamhlachd." Faicibhs' a ta fulang air son Chriosd, an deadh aobhar misnich a th'agaibh a dh' aindeoin orra uile : glacaibh misneach le bhi creidsinn dearbhachd nan nithe so. Tha Eaglais bhochd iom-ruagta an fhior-chreidimh an Albainn, na luidhe an dràsd euslainteach tìnn fo làimh Chriosd. Ach O's beannuichte an dream sin air am builichear an t-sochair a bhi 'n an luchd còmpàirt do'n ath-leasachadh bheannuichte sin ; ath-leasachadh glòrmhor, an leinibh mhic sin a bheireas a mhnaoi so a tha tìnn ri saothair. O tha fadachd oirnn gus na laithean glòrmhor sin fhaicinn, a bhith-eas annadsa gu h-aithghearr, O Albainn. Sgaoil Albainn a mach uair-eiginn a glòir gus na h-uile tìr mu'n cuairt : A nis, tha i 'n a suidh mar bhànt-raich, agus is tearc iad a ghabhas a làmh ; ach gidh-eadh cha treig a fear-posda i, ach pillidh e fathast a rithist g'a h-ionnsuidh, agus sgaoilidh e a mach a glòir gus na h-uile tìr mu'n cuairt, ni's ro ghlor-mhoire na bha e roimhe.

A nis, 's e an t'ath ni a b'àill leam sibh fhòghlum uaithe so, eadhon, gur ann an uair is trùime a chrois air drùim a' chreidmhich bhochd, an t-aon uair is maisiche a ta e a' faotuinn seallaidh do Iosa Criod, oir is e fulang an rathadh ealamh gu glòir, agus is e so féin-fhiosrachadh an nèul sin do dh'fhanuisibh a dh'fhulaing air son Chriosd, mar is urrainn doibh teisteas a thoirt : Uime sin, na fannaichibh air an t-slighe a dh'aindeoin na's urrainn nàimhdean fulteach a dheanamh oirbh.

A nis, a phobull Dé, an Albainn, tha ni eile agam ri innse dhuibh, eadhon, b'àill leam gu'm faigheadh sibh iocshlaint-dhònaidh, oir tha sibh ag imeachd ann an àileadh gàbhaltach, agus ni's dlùithe do chunnart na tha sibh a' toirt fainear.

Nam biodh neach air bith agaibhsa dol troimh baile, far am biodh a' phlàigh a' sguabadh air falbh gu dian, dh' iarradh sibh air son iocshlaint dhònaidh éiginn gu cuir ann 'ur beòil agus ann 'ur cuinneinibh, chum an àilidh ghabhaltaich a chumail uaibh: O chairdean, bithidh feum air so an Albainn gu h-aithghearr. Tha fhios agam gu bheil sibh 'g a m' mheas-sa 'nam amadan air son nan nithe so a' ràdh; ach feumaidh mi so innse dhuibh ann an ainm an Tighearn a chur mi air an là 'n diugh a dh' innse nan nithe so dhuibh; ann an ùine aithghearr, cha bhi na beotha comasach air na mairbhibh adhlacadh annadsa, O Albainn, agus is iomadh mìle a dh'fheudas sibh a shiubhal gun smùid tighe fhaicinn, ach nochd-laraichean fàsail air son connsachaидh cùmhnnanta briste, agus na h-eucoirean a rinneadh do Mhac Dhé annadsa, O Albainn. Bithidh fianuis deadh choguis na chuirn mhath anns an là sin.

A nis, a phobull Dhé, tha an iocshlaint-dhònaidh a b' àill leam sibhse fhaotuinn fa chomhair an droch là sin, ann an 2 Peadar iii. 18. Ach fàsaibh ann an gràs, agus ann an eòlas ar Tighearn Iosa Criod." Agus tha mi saoilsinn, gu'm bì sin 'n a iochshlaint-dhònaidh urramach. A nis, a phobull Dhé, an Albainn, tha deadh sgeul agam ri innse dhuibh; ach 's ann a mhàin dhuibh-san a tha 'n ar pobull Dhé a tha i; ma ghràdhaich e sibh aon uair, cha treig e sibh am feasd. Gidheadh, a mhuinntir ain-diadhaidh, na brisibh-sa bhur 'n amhaichean air a so; agus na bithibh-sa, phobull Dé, ro bhras air fulang, mar bì sibh cinnteach gu'n ghairm esan sibh. O! arsa Peadar, a mhaighstir "bàsaichidh mis' air do shon." Bha Peadar ro bhras: Stad, arsa Criod, gus an iarr mi ort sin a dheanamh; agus tha mi saoilsinn gu'n d'fhuair Peadar lèn a dhroma, (ann a bhi labhairt mar sin) gu tuille gliocais a theagass dha anns an àm ri teachd. 'S e so an ni bu mhath leam sibh a thoirt fainear, nach 'eil ni sam bith ni's lugha na tuiteam a dh'irioslaicheas fear-aideach-

aidh an-dana: Uime sin, bithibh uile air 'ur 'n irioslachaidh fa chomhair an Tighearna. Tha'n t-Abstol ag ràdh, "Bithibh air 'ur faicill, thugaibh' an aire"—Màr sin tha mise 'g ràdh, bithibhs' air 'ur faicill, thugaibhs' an aire air an la 'n diugh. Tha iomadh bàta-beag aiseag a' dol troimh Alba; thugaibh an aire, a phobull Dé, nach téid sibh air bòrd orra, oir bàthaibh iad sibh. Mar an ceudna tha iomadh gaoth tharsuing gu bhur séideadh bho thràigh Chriosd; ach 'a phobull Dé, a th' air bhur géurileanmhuinn, ma dh'rheitheas sibhse gu foighidneach, tha'n Tighearna gu osag thuathach a shéideadh air na nàimhdibh so, a dh'fhuasglas iad bho'n acairseid, agus a lasaicheas an croinn a tha treabhadh domhainn ann am fearann ar Tighearn an Albainn.

A nis, a phobull Dé, innsibh do na ministeiribh so a chaidh 'n an tosd le òrdugh peacach nan uachdranan ain-diadhaidh, gu'n d' aontaich iad gu h-iomlan ri crùn Chriosd a thoirt a bhàrr a chinn agus a chuir air ceann duine mì-naomh. A nis, bho'n thàinig e gus a cheum sin an Albainn, cuiribh thuige iad, aon chuid gu'm ministeirleachd aideachadh, air neo a h-aicheadh gu tur. A chàirdean, nam b' àill le neach air bith agaibh fantuinn dlù ri Iosa Chriosd anns an stòirm so, feuch-aibh cionnus a rinn sibh cùmhnan agus còrdadh ris: Ach tha eagal orm, gu bheil mòran agaibh anns an linn so, coslach ri muinntir òg amaideach a phòsas le mòr chabhaig, gun smuaineachadh air bith aca cia mar chumas iad tigheadas; ach a thig air bàll gu bochdainn agus gu uireasbhuidh. Tha eagal orm gur ann mar sin a thachair do mhòran agaibh-sa, a luchd-aideachaibh na ginealaich so:—dh'fhàs sibh diadhaidh, agus cha'n 'eil fhios cia mar, no c'uin' a fhuair sibh i. Innseam dhuibh, a chàirdean, cha luaithe a shéideas stòirm na threig-eas sibh Criosd, na theicheas sibh gu buileach uaithe, agus a dh'aicheadhas sibh aobhar: Tha feum agaibh air an aire ghabhail do so; oir cuiridh e as do bhur 'n anaman ann an deireadh an latha.

A chàirdean, innseam dhuibh, gur i 'n dòigh cheart air cùmhnant a dheanamh ri Dia, 'nuair a tha Criosd agus an creidmheach a còmhachadh—gu bheil ar Tighearn a' toirt a lagh, agus àithntean dha; agus a' cuir mar fhiachaibh air gun phòngh dhuibh a threigsinn, ni h-eadh, ged a rachadh 'ur réubadh 'n 'ur mìle mìr, agus their am fior Fhearcùmhantachaidh, AMEN. Ach b' àill le mòran agaibhs', a phobull Dé, gu h-amaideach, 'ur stoc fhaotuinn ann 'ur làimh féin, ach ged a bhiodh e agaibh, cha b' fhada bhiodh sibh 'g a strùidheadh, mar a rinn ar seann seanair Adhamh. Fhuair Adhamh uair-eiginn, a stoc 'n a làimh féin, ach cha b' fhada bha e 'g a chàll air cluich nam béudag ris an diabhol:—Ann an aon mhaduinn chàill e a shliochd gu léir, air a dha no trì do chuir do na chleas. Ach a nis tha ar stoc an gleidheadh aig ar dara Adhamh beannuicte, agus tha e 'g a riaghlaadh ni's feàrr, cha toir e dhuibh e, a phobull Dé, ach mar bhios feum agaibh air, 'n a ghrotachaibh. 'n a shè sgillinnibh, agus 'n a thasdanaibh: Ach ma bheir e a h-aon agaibh-sa chum na croich air a shon, bheir e dhuibh, mar gu'm b' eadh, dolair-ean ann 'ur làmhaibh, cha ruig sibh a leas eagal a bhi oirbh, oir giùlainidh e féin 'ur làn chostus.

A nis, a mhuinntir na duthcha so, bithidh e air agairst oirbh uile gu h-aithghearr, a dhol a dh'éisd-eachd nan sagartan mallaichte so, agus an uair a dh'agrar sin oirbh, seallaibh ri Galat. v. 19, 20; tha mi 'g ràdh seallaibh ceart ris an sgriobtuir sin, agus cuimhnichibh, a dhaoine agus a mhathan bochd na duthcha so, gu'n d'innis mo leithid-sa do dh'amadan dhuibh gu'n toir a dhol a dh'éisdeachd an luchd-tuarasdail mì-naomh so a dh'ifrinn sibh co luath ri iodhal-aoraidh, ri adhaltrannas, ri buitseachd, no ri aon air bith do na peacaidhibh sin a th' air an aithris anns a' chaibdeil a roimh ainmich mi. A nis, a phobull Dé a th'air 'ur géuleanmhuiinn, na biodh eagal oirbh roimh na chrois, oir is i an t-slighe a dh' ionnsuidh a' chrùin: b'iad

àmgharan agus fulangasan an còmhnuidh crannchur nan naomh, agus thòisich iad còmhlath ri gràs. Chur Abel a' cheud sainnseal anns a' chrois, agus lean mòran e uaithe sin, agus fhuair iad an crùn.

A nis, a phobull Dé, ciod a tha sibh a' deanamh? Tha am Pàp agus na Pàpanaich anns an Roimh a' deanamh aoibhneis agus a' losgadh teintean-aidhear: Tha iad a' deanamh gairdeachais gu bheil Breatunn agus Eirinn a' teachd dhachaidh a rithist gu'n seann-mhàthair Eaglais, mar a deir iad riu fein. Ciod a tha sibh a' deanamh, a phobull Dé? O gu'n robh againn luchd-ùrnuigh mar Ester agus a maigh-deannaibh. Bu reachd fuitteach sin mar an ceudna, mar a ta mòran dhuibh an dràsd an Albainn. A nis, a phobull Dé, thugaibh an aire nach téid sibh ann an còmh-bhoinn ris na h-aindiadhaich; oir ma theid, bithidh e duilich dhuibh faotuinn uath a rithist; oir aon uair 's gu'n téid na ministeirean mallaichte so, a tha strìochdadadh do'n tìm, ann an comh-bhoinn ris na nàimhdibh, agus a' ruitheas iad maille riu ann an cùl-sleamhnachadh, tha co liugha lùim mhallaicht air a theagasc dhoibh leis an diabhol chum an slaoigheireachd a dhion, 's gur gann a ghabhas an seacharan dearbhadh orra; mar sin théid iad air an aghaidh, agus theid mòran dhuibh anns an linn so sìos do'n t-slochd. A nis, a phobull Dé ann an Albainn, Ciod a tha sibh a' deanamh? O bithibh ag ùrnuigh gu dian: Ach innseam dhuibh, ged nach deanadh sibh ùrnuigh idir, gidheadh, bithidh Eaglais Chriosd an Albainn air a saoradh: Bheir gearan nan naomh, osnaich nam priosanach, ful neo-chiontach a' phobuill, glaodhaich iomadh bànt-rach agus dilleachdan, agus maslaidhean na dream a ta air an géur-leanmhuinn an Albainn air Dia éiridh: Bheir a bhi saltairt air a ghlòir, agus a' réubadh a chrùin le ainneart a bhàrr a chinn air éiridh.

O gu'n robh againne luchd-ùrnuigh a nis gu gleachd ris! Agus O, gu'n robh aois agus òige ann an ruigheadh ris gu éiridh! O gu'n d' thugaibh e

dhuinne a leithid a chomharradh do 'glaol 's a thug e d'a phobull Israel anns an Eiphit! Tha fios agaibh gu'n do thagh e Maois a chum a chuir sìos do'n Eiphit a shaoradh Eaglais féin: Cha robh Maois deònach air a dhol; ni h-eadh, arsa Maois, "Cha duine deas-chainn teach mi." Ni h-eadh ars an Tighearna, "Rach agus innis dhoibh, chuir Is MI mise do bhur n-ionnsuidh."—Ach, arsa Maois, Cha dean sin an gnothuch; CHA CHREID IAD MI. Thubhairt an Tighearna ris a rithist, Innis dhoibh gu'n dh'fhoillsich mi mi féin do 'n aithrichibh, le ainm an Dé uile-chumhachdaich; ach le m' ainm IEHOVNAH cha robh mi aithnichte dhoibh: Is ainm nuadh sin a thug mi dhuibh orm féin; agus mar a thug mi an t'ainm nuadh sin dhuibh, nach d' thug mi do neach air bith riamh roimhe, mar sin innis do'm shluagh anns an Eiphit, ma's bì iad gu'n saoradh, gu'n dean mise ni nach d'rinn mi riamh bho chruthachadh an t-saoghal. A nis, 's e tha am focal Iehobhah a' ciallachadh anns a' cheud chàinnt, araon Bith siorruidh Dhé ann féin, agus gu'n d'thug e bith do na h-uile nithe eile, agus gu'n d'thug e bith do 'gheallaidhibh agus do bhagraidhibh féin: Is MI AN TI AS MI, agus bithidh MI AN TI A BHITHEAS MI. Ach tha fios agam gu bheil smuaintean dubhach aig cuid agaibh an so, a' cuir an teagamh an urrainn so a bhi freagarrach ri cor na h-Alba air an là diugh. Seadh, a chàirdean, mar is beò an Tighearna, ma 's fàg e Albainn gun saoradh, oibrichidh e miorbhuil nach d' oibrich e roimhe, co sam bith a bhios beò gu fhaicinn.

A nis, a chàirdean, am b'àill leibh fios a bhi agaibh am bheil fior cho'mhothachadh agaibh ri foireigneadh phobuill Dé an Albainn, faicibh an ann mu thimchioll an cor-san is bitheanta bhur smuaintean an àm dol a luidhe agus éiridh, agus ré an làtha uile, ann 'ur dol a mach agus ann 'ur teachd a steach, ma's ann mar sinn a tha, is deadh chomharradh e. Tha fios agaibh, 'nuair a bha

Nehemiah maille ris na braighdibh ann aìn Babilon, gu'n robh iad a' dol air an ais agus air an adhairt eadar Ierusalem agus Babilon 'n an dithisibh agus 'n an triuiribh, le cridhidh tròm, dubhach air son Eaglais Dhé; chòmhluich an duine còr ri fear na dithis dhuibh air maduinn àraid, agus 'nuair a dh'innis iad dha mu fhàsalachd Ierusalem, agus an ionaid anns an robh an aithrichean a' moladh Dhé; agus mar bhriseadh ballachan a' bhaile sin sios, agus a loisgeadh a gheatacha le teine, agus a bha am fuigheall do phobull an Tighearn ann an àmhghar mòr agus ann am mì-chliù; chuir sin e gu mòr mhì shuaimhneas, agus cha d'ith agus cha d'òl e laithean àraid, faic, Nehemiah i. 3, 4.

A chàirdean, bha àireamh mhòr a chaidh a mach as an Eiphit maille ris an Eaglais; lean sluagh measgt' iad gus a Mhuir Ruadh. C'arson a rinn iad sin? Rinn do bhrìgh gu'm fac iad iomadh miorbhuil anns an Eiphit, ach cha deachaidh iad thar Iordan, thuit iad 's an fhàsach, agus bhàsaich iad air son am peacanna: Cha robh an cridheachan ceart maille ri Dia, mar thachair do mhòran anns a ghinealach so. Théid mis an urras dhuibh gu'n robh dòmhlas mòr do mhinisteiribh agus do luchd-aideachaidh aig Criod an Albainn bho chionn deich bliadhna fichead no da fhichead bliadhna, 'nuair a bha'n latha féathail; ach 'nuair a thòisich an stòirm ri seideadh, thàinig iad gu bhi glé thearc: Dh'fhàg na ministeirean e, agus theich iad gu fasgadh na droch shaorsainn, fo sgiathaibh an nàimhdean, agus lean mòran luchd-aideachaidh iadsan air son sòcair agus air son an spéis a bh' aca do 'm broinn agus do'n druim. Ach feithibhse tamull beag, a phobull Dé, agus bheir Dia garbh-dhusgadh dhoibh gu h-aithghearr. Ach tha eagal orm 'nuair a thig Dia a' ghairm rèla na h-Alba, gu'm faigh e iomadh bearn ann, iomadh ministeir agus fear-aideachaidh marbh, daoine agus mnathan marbh, ged robh iad aig imeachd air an cosaibh.

A nis, a chàirdean, mar thuirt mi ribh cheana, ma's àill leibh a leantuinn anns an osag dhoinionnach so, bithibh iriosal agus gu mòr air 'ur 'n aicheadh dhuibh féin ; cha lugha na leagadh a Leighiseas fear-aideachaидh àrdanach. A chairdean, thugaibh an aire ciod a tha sibh a' deanamh ; oir is àm neonach anns am bheil sinne beo ; is cruaidh an ni cumail treibhdhireach do Dhia, (ann a bhi labhairt mar sin), an dràsd 'nuair a tha e mar gu'm b'eadh, a' siubhal sìos agus suas air feadh iomadh Siòrrachd an Albainn, agus ag ràdh ris an fhear so agus ris an té ud, rach agus séulaich m'fhirinn-sa le t'fhuil, Cha mhòr a thug e fathast gu stòil-chasgairt a Siòrrachd Ghallowba, no Charrie gu fianuis a thoirt air a shon. Tha mi saoilsinn gu'm bu choir dhuinne bhi air ar meas maille ris a chuid eile do'n rioghachd, agus gidheadh cha'n 'eil fhios agaibh ciod a tha gu tighinn. Guidheam oirbh, ma thig e dh'iarraidh air neach air bith agaibh fianuis a thoirt air a thaobh na aicheadhaibh e, oir cha d'aicheadh esan a h-aon agaibhs' a tha do'n taghadh, 'nuair a bha sibh anns a' chunnart mhòr.

A nis, a chàirdean, fagam na firinnean so aig gach aon agaibh ; oir cha dàna leam air chunnart m' anma, a bhi miodal ribh, gu'n fhios agam cia fhada, gus am bì sibh féin agus mise air ar gairm an làthair cathair breitheanais Dhé. Uime sin, sparram oirbh gun dol ann an comh-bhoinn ri h-aon do na ministeiribh tuarasdail so a tha strìochdadadh do'n tim, na ris na h-uachdranan mallaichte sin d'am bheil iadsan a' geilleadh, oir léir sgriosaidh e iad. Guidheam oirbh an deadh aire thoirt, 'nuair a ta co lugha mearrachd a' dol feadh na tire ; gleachdaibh ri Dia gu bhur cumail dìreach agus seasmhach, a cumail dlù ann 'ur breithneachadh, agus ann 'ur eridhibh ri cùmhnan-taibh an ath-leasachaidh ; agus a thaobh nam ministeirean a ghabh ris an droch shaorsainn so, ged a tha iad a' searmonachadh cuid a dh'fhirinnean, gidheadh 'cha'n eil spiorad an Tighearn a' leantuinn le beannachd an ni a tha iad a' searmonachadh, oir

cha'n 'eil an ni a tha iad a' labhairt bho'n fhocal air a labhairt ann an àm, no nam firinnibh beò anns na h-amannaibh so, 's am bheil an fhirinn air a h-aich-eadh, mar a ta i anns na h-amannaibh so anns na thuit ar crannchuir-ne.

A nis, a phobull Dé, tha so agam ri innse dhuibh, agus an sin sguiridh mi, gu bheil lathachan co glòrmhor gu theachd fathast air Albainn 's a thainig riamh oirre, agus bithidh clànn nam braighdeanach a bha air an géur-leanmhuinn, 'n an toiseach Eaglais ghlormhoir fathast an Albainn, agus bithidh iad co éudmhор air son firinnean Dhé a ta air an cuir suarrach, 's ma's e 's gu'n cóimhluich iad na ministeirean so a bhrath obair Dhé, gu'm bì iad ullamh gu'n clachadh: agus bithidh sin air a choilionadh, Sechar.

xiii. 4, "Ni mo chuireas iad umpa falluinge mollach gu mealladh," mar a tha iad a' deanamh an Albainn, agus anns na tìribh so uile. Agus a nis, gu'm beannaich an Tighearna féin na nithe so dhuibh, agus gu'n dean e seasmhach sibh, a chum 's nach bì sibh air 'ur 'n ioman air falbh le cùl-sleamhnachadh nan amanna, agus nam ministeirean so a tha striochadh do'n tim, a chuir cùl ri slighe an Tighearna, coslach ri Demas a ghràdhaich an saoghal a ta'n làthair.

A nis gun toir an Tighearna féin sibh gus na nithe so a thoirt fainear agus gu'n suidhich e beachd ceart umpa ann 'ur cridhibh, chum gu'm bì sibh caithriseach agus daingean gu lath' a theachd.

A nis do'n Tighearn, a ta comasach air 'ur cumail bho thuiteam, gu robh cliù gu sìorruidh.
AMEN.

Litir le Mr A. Peden, chum nam Priosanach ann an Caisteal Dhunottar, an seachdamh mios, 1685 ; bha ann diubh so còrr is 160 firionnach, agus 46 boirionnach, a bh'air an carnadh ann aon bhòghta.

Mo Chàirdean gràdhach,

Tha fadachd orm cluinntinn cionnus a tha sibh a' caitheamh 'ur n ùine, agus cionnus a tha gràs Dé a' fàs ann 'ur cridheachaibh. A thaobh na deuchainn theinntich so, tha fhios agam gu'n ghabh sibhse agus buidhean eile do phobull an Tighearna mar chleachdadadh a bhi gearan air Criod ; ach tha mi a' toirt dùlan duibh aon droch flocal a' labhairt uime, mar toir sibh ana-cothrom dha ; labhraibh na 's urrainn duibh, agus na caomhnaibh ; ach a mhàin ghuidhinn oirbh 'ur comhradh mu Chriod a bhi freagarrach ri bhur féin-fhiosrachadh mu thimchioll ; ma tha sibh a' saoilsinn gu bheil tigh Chriod anniseach, aimbeartach agus ni's ana-cothromaiche na bha sibh ag earbsa, bithibhse cinn-teach gur e tha rùn air Criod tràthan feumail a thoirt duibh, agus ni h-e bhur cur gu bàs leis a' ghort ; is aithne dha ar fear-riaghlaidh-ne c'uin is coir dha caitheamh agus c'uin is coir dha caomhnadh ; is math is aithne do Chriod, co dhiubh is e barrach no strachdach is feàrr a fhreagarras do ar soithichibh cumhang-ne, oir tha iad araon coimh-ionann dhasan ; cha dean caomhnadhl beartach e, agus cha dean caitheamh bochd e ; tha e a' meas gur olc an cilleinni sam bith a chumar bho phobull. Tha gràs agus glòir a' teachd á làimh bhuidheil Chriod. Cha'n 'eil ar soithichean-ne ach breòite, agus cha mhòr a chumas iad ; 's ann an uair a tha 'lànachd-san a dh'easbhuide comuis sgaoilidh is mò tha i air a sàr-uchadh. Is taitneach le Criod a bhi air a chumail bitheanta ann an roinn lànachd tigh 'Athar, air a chàirdibh bochd ; cha'n 'eil tlachd aige ann a bhi

gleidheadh tràcair thar oidhche, tha gach latha as ùr a' toirt leo tràcairean as ùr do phobull Dé; 's e ceannaich is saoire ris na chòmhlaich pobull Dé riamh; ma tha sibh toilichte leis a' bhathar, agus leis an roinn is feàrr a fhreagarras sibh do ghràs-aibh-san, cha'n fhada bhitheas sibh féin agus esan a' còrdadh mu'n luach: tha e reic a bhathar saor, a chum gu'm feòraich sibh air son a bhuth-san a rithist, agus tha e a' tarruing na féille gu h-iomlan da ionnsuidh féin. Comhairlicheam dhuibh gu'n dol seachad air Criod; agus a nis, 'nuair a ta e ri bhur 'n aghaidh an darna cuid peacachadh no fulang, comhairlicheam dhuibh fulangas a roghnachadh, oir bithidh rathad dol as bho chearnaидh air bith eile cronail do mhath 'ur n-anama; agus a chum bhur misneachadh, cuimhnichibh nach 'eil e a' cur dream air bith a mach a chogadh air an costus féin; agus is beannuichte an duine sin a bheir a chùinneadh uile do Chriosd; is feàrr dhuibh dol da ionnsuidh-san, 'nuair a bhios sibh a dh'easbuidh peighinn sporain, agus mar is lugha a th'agaibh féin 's ann is deònaiche esan an tuille earbsa ribh, mar sin is feàrr dhuibh-sa cumail dlù ri Criod 'ur seann fhear eòlais;—'s e bhi deanamh suas eòlais ri Tighearna coigreach, an t-aon rathad gu lot a dheanamh ann an cliathaich gràis, nach leighis gu h-ealamh, oir feudaidh craicionn a bhi air an lot mu'm bì e air a leigheas;—oir is maoth an ni gràs, agus tha e gle ullamh air éucal a ghlacadh bho chùl-sleamhnachadh ar latha-ne; agus aon uair 's gu'm brisear a chùibhleachan le peacadh, cha'n urrainn na h-uile maoidhean a th'anns an t-saoghal a thoirt air siubhal a rithist gus an cuirear ann an làmhaibh Chriosd e. Tha dòchas agam gu'n d' thubhairt mi tuilleadh mu'n chùis so na ruiginn a leas, oir chunnaic mi comharraighean cùram air a tharruing gu domhainn air 'ur giùlan; tha cor nan laithean cùl-sleamhnachaidh so 'g ar cur-ne thuige gu bhur dichioll a dhùblachadh ann a bhi 'g iarraidh Dhé, oir tha e coslach gu bheil Dia a' cur roimhe Ierusalem a rannsachadh le coinnlibh,

agus 'ur n-uile sheòmraichean fhriosrachadh, agus cha bhi dealg ann 'ur n-uile aitreabh, nach bì fios aig Dia co dhiubh a bhitheas e càm no dìreach, cha stad e gu bràth gus am bì e aig iochdar cridheach-aibh dhaoine. Thionndaidh e a mach cridheachan cui'd a mhuinnitir cheana, agus sgoilt e cui'd eile ; agus tha e coslach gu bheil a rùn air an taobh a muigh a dheanamh do'n taobh a stigh. Cha robh ach osag bheag anns na deuchainnibh a chaidh seachad, agus uime sin dh'fhan möll sgapt' a measg an t-sìl ; thog Dia a nis gaoth làidir chumhachdach, agus tha e dearbhta, nach urrainn siol Chriosd a bhi air a sheideadh air falbh leatha ; cha bhi e dh'eas-bhugh fuitéan cinn a h-aon do'phobull, is aithne dha iad uile air cheann ; O ! nam biodh ar cridheachan air lasadh le gaol 'n a dheigh, b'fheàrr leinn bàsachadh a' creidsinn agus a' fulang, na peacachadh le strìochdadadh do chumhachdaibh ana-criosdail an latha. Bheiream dùlan do'n t-saoghal uan a ghoid à tréud Chriosd gun fhios da, feumaidh Criod na h-uile bhios air chàll diubh aig là a bhreitheanais a għleidh-eadh. 'Nuair a bhitheas a għaoth a' séideadh araon ri beulaobh agus ri culaobh pobull Dé, agus a bhith-eas a chuid is miosa aca do'n stòirm, cha'n fhad a leanas i ; cha'n fhada bhios teine mòr ann an àmhuinn Dhé ag eadar-sgaradh an t-sal bho'n òr ; bha mùilean Dé a' bleith gu dian, agus cha stad e le easbuidh uisce : O ! nan seasadh pobull Dé as an rathad, agus gu'n d'thugadh iad raon reidh do na nàimhdibh, a chum 's gu'm biodh Dia dioghailte dhiubh, agus tha e coslach gu'n toir e buille d'a nàimhdibh thar cinn a' phobuill. Tha Dia a' cur dearbhadh beag air na naoimh ni-eiginn ni's geire na's gnath leis, gus an tig iad as an àmhuinn mar mheall air a għlanadh, a chum gu'n ruith iad agus gu'm bì iad ullamh 'nuair a għairmeas trompaid Chriosd iad. Is urramach an ni bhi na ghille-ruith ann an cuideachd Chriosd, agus a bhi ruith aig a chosaibh bho mhaduinn gu feasgair ; cha bhi 'n aon is laige ann an cuideachd Chriosd sgħiex air son a bhi uair mu'n seach air a chois agus

air mharcachd, oir togaidh e a chàirdean air a chulaobh; 'nuair a thòisicheas iad ri fàs sgìth, agus nach urrainn iad cumail an àirde ris, ni e comh-fhuireach riu. O cia taitneach an sealladh Criod fhaicinn a' triall suas le uile 'fheachd, na trompaidean a' seirm caithream buaidh an Uain, 'nuair a bhios an claidheamh air a dheanamh dearg le fuil a nàimhdean, 'nuair a bhios na h-eu-creidmhich a' caoin-chorranaich agus a' coireachadh each a cheile, gu'n d'rinn e a leithid a nithe mòra air son a luchd-leanmhuinn! Gu cinnteach, tha eagal orm gu'm bì luchd-leanmhuinn an Uain air an cuir thuige gu saltairt air cuirp mharbha dhaoine aingidh mu'n tig ceann thàll na gnothaich; bithidh gu leóir aig an tìr uile ri dheanamh na màirbh adhlacadh; màrbhaidh Criod le 'làimh féin ni's luaithe na's urrainn an rìoghachd an adhlacadh; agus théid mòran adhlacadh gun riutheadh, agus is e 'n duslach is léine-phasgaidh do mhòran aig am bì ainm a bhi beò anns an là sin, gidheadh a bhios màrbh. Searmonaichidh fuil nàimhdean Criod nithe iongantach d'a phobull, agus bu chubhaidh dhuinne gàirdeachas a dheanamh le bàll-chrithe. Riu-san nach dean seirbhis do Dhia, biodh e air a' ràdh, tha 'n la am fagus, 'nuair is e fuil is suaicheantas do shaighdeiribh Criod, agus bàs gun tròcair am focal-caismeachd. Bitidh bàs agus leir-sgrios air a sgriobhadh ann an litrichibh mòra air bratach ar Tighearna, agus bitidh sealladh dheth 'n a bhuelle bhàis do neach air bith a thig 'n a rathad. Is feàrr dhuibh fantuinn fo sgàil sgiath-aibh Dhé, agus iomall falluing Criod a' chur air 'ur cùnn, gus an cluinn sibh e 'g ràdh. "Tha teas a chath thairis, agus tha'n fhras air eutromachadh." Tha mi dearbhta gur e an doigh is tearuinte gus an fhras a sheachnad, fantuinn as an rathad air Dia, agus tàmh a' steach, gus an tionndadh doinionn na sine, nach 'eil fathast aig a h-àirde, gu féith. Tha Criod a' buntainn gu caoimhneil ri 'mheanglanuibh òga, agus 'g an uisgeachadh gu tric, air eagal gu'n searg iad; bithibh saothrachail, agus na caillibh

beath air son a h-iarraidh. Gràs, tràcair, agus sìth gu'n robh maille ribh.

Molam dhuibh na beachdan, agus am mìneachadh so mu Chùmhñanta na Saorsainn, ni is iad cunntas aithghearr air gràdh Dhé, chum ann an àmhghar agus á h-àmhghar gu'n dean sibh gairdeachas.

Bitheadh e aithnichte do na h-uile dhaoinibh, gu'n d'rinneadh ann an làthair Aosda nan làithean, còrdadh aon-sgeulach agus co'cheangal iomlan eadar pearsachan urramach agus rioghal so na Diadhachd, eadhon, Tighearna mòr agus neo-chriochnach nèimh agus na talmhainn, air an darna taobh, agus Iosa Criod, 'fhior oighre sìorruidh, air an taobh eile, air an doigh, air a mhodh, agus air an t-suidheachadh so, a leanas : Do bhrìgh gu bheil an Tighearn Iosa Criod deònach, agus 'g a cheangal féin mar urras, gus an lagh a choi'-lionadh gu h-ionlan, gu fulang agus a bhi na iobairt reitich air son peacaidh, agus gu'n gabh e air fein treòrachadh an iomlan do chloinn Dhé,—agus gu'n dean e coimhlionta iad anns gach uile deadh-fhocal agus ghnìomh ; agus as a lànachdh-san gu'm faigh iad gràs air son gràis, agus mar an ceudna gu nochd e iadsan, eadar dhaoine, mhñathan, agus chlànn, anns na flaitheanas, agus nach càill e a h-aon diubh ; agus gu'n tog e suas iad aig an latha dheireannach, agus gu'n toir e a chlann uile steach do na flaitheanas maille ris : Uime sin, tha Tighearn òirdheirc nèimh agus na tàlmhainn air an taobh eile, 'g a cheangal féin do Chriosd, an t-ionlan do'n mhùinntir thaghta a' chur a steach do'n t-saoghal, agus an toirt thairis gu h-uile do Chriosd ; agus mar an ceudna gu'n toir e corp dha, feòil do'm feòl, agus cnàmh do'n cnàmhaibh-san, agus gu'n toir e Criod air làimh troimhe 's na h-uile ni a ghabh e os làimh anns an obair sin. Agus mar an ceudna rachadh an Spiorad Naomh,

bith a ta co' ionann ruinn féin, a mach a dh'ionnsuidh an t-saoghail, a chum gu'm bi co' roinn aige anns an obair mhòr so, agus mar an ceudna do ghlòir na h-innleachd òirdheirc so; agus soillsicheadh e inntinn nan uile thagh sinn as an t-saoghal, ann an eòlas air ar 'n ainm, agus an cor càillte a' dhearbhadh orra, agus an deanamh deònach agus comasach gabhail ri 'shaor ghaol agus ri 'thairgse; gu h-àraig iad sin air sgàth ar 'n ainm-ne, a chumail suas agus a chomh-fhurtachadh 'n an uile dheuch-ainnibh agus thrioblaidibh, mar an ceudna an naomhachadh nan anam, agus nan corp, agus an deanamh freagarrach chum ar seirbhis-ne, agus gu còmhnuidh a' ghabhail maille ruinne chum gu'n cuir iad an céill cliù saoibhreas ar saor ghràs-ne ann an innleachd òirdheirc so na slàinte, gu saoghal nan saoghal. A thuille air sin tha'n Tì ceudna, Tighearn òirdheirc nèimh agus na talmhainn, a' làn ghealltuinn gràs agus glòir, agus gach uile ni math, do mheud 's a bhios air an deanamh deònach agus comasach air Thus a dhluth-ghabhail d'an ionnsuidh, mar an Tighearna, mar an Righ, agus mar an Dia. Agus a bhàrr air sin tha e a' ceadachadh, do Iosa Criosda, gairm fholaiseach a thoirt le 'sheirbhisich, do'n t-saoghal, 'n a ainm, gu'n toir e do na h-uile a thig agus a cheanglas iad féin fo a bhratachsan, duais òirdheirc 'n an làimh anns a' bheatha so, agus òighreachd shaoibhir troimh 'n uile shiòrruidh-eachd, le làn dearbhachd, gu'm bi na h-uile nach gabh ris an tairgse so, ciontach do dhiùltadh, agus air an tilgeadh gu siòrruidh bho bhur làthaireachd-ne, agus air am pianadh maille ris na diabholaithe so, a thilg sinn a mach uainn, air son an àrdain agus an ceannaire, chum glòir ar ceartais troimh an uile bhith-bhuantachd.

